



**TRANSPORT  
SCOTLAND**  
CÒMHDHAIL ALBA

# **A' lùghdachadh cleachdaidh càir airson Alba nas fallaine, nas cothromaiche agus nas uaine**

**Mapa-slighe gus lùghdachadh  
20 sa cheud a thoirt air  
cilemeatairean càir ro 2030**

## Clàr-innse

<b>Facal-toisich .....</b>	<b>4</b>
Geàrr-chunntas.....	6
Ar Targaid .....	6
Buannachdan nas Fharsainge .....	6
Cothroman gus Atharrachadh .....	6
Na Gnìomhan Againn.....	7
<b>1. Cùl-fhiosrachadh.....</b>	<b>11</b>
1.1 Amas agus Geàrr-chunntas .....	11
1.2 Prionnsabalan Stiùiridh .....	11
1.3 Co-theacs poileasaidh.....	12
1.4 Co-theacsa Sòisealta .....	14
1.5 Eadar-ghluasad cothromach .....	15
1.6 Buannachdan nas fharsainge bho bhith a' lùghdachadh cleachdadh chàraichean .....	15
<b>2. An suidheachadh làithreach agus an dòigh-obrach againn a thaobh atharrachadh.....</b>	<b>19</b>
2.1 Giùlan làithreach a thaobh cleachdadh chàraichean.....	19
2.2 Frèama-obrach gus cleachdadh-càr a lùghdachadh .....	21
<b>3. Ceuman .....</b>	<b>27</b>
3.1 Còmhradh Nàiseanta air lùghdachadh chàraichean .....	27
3.2 Ceuman gus am feum air siubhal a lùghdachadh .....	28
3.3 Ceuman gus daoine a chuideachadh gus deagh bheatha a bhith aca gu h-ionadail .....	31
3.4 Ceuman gus daoine a chuideachadh gus gluasad eadar modhan.....	34
3.5 Ceuman gus daoine a chuideachadh gus tursan a chur còmhla no gus tursan a cho-roinn.....	41
3.6 A' coimhead air ceuman a bharrachd gus cleachdadh chàraichean a mhì-bhrosnachadh.....	43
3.7 Maoineachadh agus goireasan .....	44
<b>4. Obair san àm ri teachd .....</b>	<b>45</b>
4.1 Co-chomhairle agus conaltradh leantainneach .....	45
4.2 A' cumail taic ri cur an gnìomh nan ceuman gu roinneil agus gu h-ionadail ..	45
4.3 A' measadh agus a' luachadh buaidh agus adhartas a' mhapa-slighe.....	46
4.4 Raointean airson rannsachadh a bharrachd .....	47
<b>5. Iomraidhean.....</b>	<b>48</b>



## Facal-toisich

Tha sinn glè thoilichte dreachd mapa-slighe na h-Alba airson leudachadh ann an cilemeatairean càir fhoillseachadh còmhla, gus beathannan nas fhallaine, nas cothromaiche agus nas seasmhaich a chur an comas.

Chaidh am mapa-slighe seo fhoillseachadh mar fhreagairt air a' ghealltanas anns an Ùrachadh air Plana Atharrachadh na Gnàth-shìde aig Riaghaltas na h-Alba gus cilemeatairean càir a lùghdachadh 20 sa cheud ro 2030, gus riatanasan reachdail na h-Alba a thaobh lùghdachadh gasaichean taigh-ghlainne a coileanadh ro 2045. Ach tha e cuideachd ag aithneachadh nam buannachdan as urrainn a bhith aig ath-smaoineachadh air an dòigh sam bith sinn a' siubhal air ar slàinte is sunnd mar dhaoine fa leth is mar choimhearsnachdan, air cho cothromach 's a tha an comann sòisealta againn, agus air cho in-ghabhalach 's a tha an eaconamaidh againn.

Tha am mapa-slighe seo a' togail air an lèirsinn airson siostam còmhdhail na h-Alba a chaidh a mhìneachadh san dàrna Ro-innleachd Còmhdhail Nàiseanta, ag amas air a' ghnàth-shìde a dhìon agus piseach a thoirt air na beathannan againn. Ach, tha e a' gabhail ris gu bheil buaidh nas fharsainge aig a' cho-theacsa anns a bheil daoine beò agus na seirbheisean a dh'fheumas iad air na dòighean-ghiùlain siubhail aig daoine. Mar sin, tha am mapa-slighe againn gus cleachdadh càr a lùghdachadh a' gabhail a-steach grunn cheuman poileasaidh nach eil co-cheangailte ri còmhdhail, a' gabhail a-steach a bhith a' toirt seachad deagh cheangailteachd agus cothrom didseatach air seirbheisean; an dòigh sam bi sinn a' planadh agus a' tasgadh anns na h-àiteachan poblach againn; far am bi sinn a' suidheachadh prìomh sheirbheisean leithid cùram-slàinte agus mar a tha sinn a' cumail taic ri ar clann is òigridh gus roghainnean siubhail fallain, cothromach agus seasmhach a dhèanamh bho aois òg.

Chan eil am mapa-slighe ag amas air cur às do chleachdadh càraichean *uile gu lèir*. Tha sinn ag aithneachadh nach biodh seo practaigeach no cothromach, gu sònraichte airson tursan le daoine air a bheil ciorram no ann an sgìrean dùthchail far nach eil roghainnean còmhdhail rim faighinn no practaigeach. An àite seo, tha am mapa-slighe gar brosnachadh gun a bhith a' cleachdadh chàraichean tuilleadh 's a chòrr far an gabh sin a dhèanamh agus tha e a' comharrachadh ceithir dòighean-ghiùlain air am bu chòir a h-uile duine ann an Alba beachdachadh, nar beachd, gach turas a tha sinn airson turas a chur air dòigh: **lùghdaich am feum agad air siubhal; tagh cinn-uidhe ionadail**, gus an t-astar a dh'fheumas tu siubhal a lùghdachadh; **gluais gu coiseachd, cuibhleachadh no còmhdhail phoblach** far an gabh sin dèanamh; agus **cuir tursan còmhla no co-roinn tursan** gus an àireamh de thursan càr fa leth a nì thu a lùghdachadh mas e càr an aon roghainn phractaigeach a th' ann fhathast. Tha am mapa-slighe a' mìneachadh nan ceuman a tha sinn a' cur an sàs gus am bi e furasta do dhaoine na gnìomhan seo a ghabhail.

Tha Riaghaltas na h-Alba agus COSLA air am mapa-slighe a chruthachadh còmhla gus aithneachadh gu bheil feum air amasan agus gnìomhan còmhla an dà chuid aig an ìre nàiseanta agus ionadail. Tha sinn cuideachd air beachdan iarraidh bho phrìomh bhuidhnean agus lionraidhean feuch gum bi e a rèir feumalachdan agus miannan dhaoine air feadh na h-Alba. Tha an dreach mhapa a-nis air fhoillseachadh airson co-chomhairle phoblach. Às dèidh na h-ùine co-chomhairleachaidh tha sinn gu mòr airson cumail a' dol le còmhradh nàiseanta air siubhal seasmhach, ag obair còmhla ri com-pàirtichean roinneil agus ionadail, a bharrachd air gnìomhachasan, coimhearsnachdan agus daoine fa leth, gus ceuman luath a ghabhail gus dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-shìde ann an dòigh chothromach agus in-ghabhalach.

Ma thèid na gnìomhan sa mhapa-slighe seo a chur an gnìomh, cuidichidh seo gus chruth-atharrachadh a thoirt air an dòigh-beatha againn an Alba ro 2030. A bharrachd air a bhith a' coileanadh ar gealltanasan mu atharrachadh na gnàth-shìde bidh seòrsa "ionadalachd" anns na bailtean beaga, bailtean-mòra agus nàbachdan sna cathair-bhailtean; coimhearsnachdan agus àiteachan a tha nas sàbhailte do dhaoine de gach aois airson a bhith a' siubhal le coiseachd, cuibhleachadh, agus rothaireachd, agus bithear ag aithneachadh gun lean cleachdadh chàraichean aig ìre nas ìsle, gu h-àraidh dhaibhsan air a bheil ciorram no a tha a' fuireach, ag ionnsachadh agus/no ag obair ann an sgìrean dùthchail is iomallach: tursan nas fhaide a tha sa mhòr-chuid air an dèanamh air còmhdhail phoblach no còmhdhail cho-roinnte a tha goireasach agus air prìs reusanta; agus barrachd feum air ruigsinneachd air-loidhne sheasmhach air prìomh sheirbheisean agus chothroman, far a bheil sin iomchaidh. Le bhith a' lùghdachadh cleachdadh càir, cruthaichidh sinn Alba nas fhallaine, nas cothromaiche agus nas uaine airson a h-uile duine.

## Geàrr-chunntas

### Ar Targaid

Mar thoradh air èiginn chruinneil na gnàth-shìde, shuidhich ùrachadh air Plana Atharrachadh Gnàth-shìde na h-Alba gealltanais ann an 2020 a bha air thoiseach air a' chòrr den t-saoghal gus cilemeatairean càir a lùghdachadh le 20 sa cheud ro 2030. Tha còmhdhail a' cruthachadh 29 sa cheud de dh'eimiseanan gas taighe-ghlainne na h-Alba, le càraichean a' cruthachadh 38% de na h-eimiseanan siubhail sin. Tha modaladh air lùghdachadh carboin air co-dhùnadh nach gabh cothromachadh carbon a ruigsinn a thaobh eimiseanan tro fhuasglaidhean teicneòlach a-mhàin. Tha e deatamach gun tèid cleachdadh càr a lùghdachadh gus an tèid an siostam còmhdhail a dhì-charbonachadh aig astar a tha a rèir nan targaidean eimiseanan reachdail a tha Pàrlamaid na h-Alba air stèidheachadh.

### Buannachdan nas Fharsainghe

Bheir lùghdachadh air prìomhachas nan càraichean prìobhaideach buannachdan mòra an dà chuid do dhaoine fa leth agus dhan chomann-shòisealta san fharsaingeachd, a' gabhail a-steach piseach air slàinte is sunnd, lùghdachadh neo-ionannachd agus soirbheas eaconamach nas in-ghabhalaiche. Bheir lùghdachadh cleachdadh chàraichean buaidh air na h-àiteachan poblach againn, gan dèanamh nas sàbhailte agus nas fhallaine airson a bhith a' fuireach, ag obair agus a' cur seachad tìde.

### Cothroman gus Atharrachadh

Bho chaidh Co-labhairt nan Dùthchannan Aonaichte air Atharrachadh na Gnàth-shìde (COP26) 2021 a chumail an Glaschu, tha barrachd mothachaidh poblach air a bhith ann gum feumar dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-shìde. Dh'aontaich còrr is 90 sa cheud de bhuill Seanadh na Gnàth-shìde, a chaidh a thaghadh airson a bhith riochdachail de shluagh na h-Alba, gum feum Riaghaltas na h-Alba 'taic a thoirt dhan ghluasad bho chleachdadh chàraichean gu siubhal poblach is gnìomhach', agus chuir còrr is 60 sa cheud taic ri moladh 'àrdachadh a thoirt air cìsean rathaid mean air mhean airson cleachdadh chàraichean prìobhaideach agus an teachd a-steach a chleachdadh gus subsadaidh a thoirt do chòmhdhail poblach'.

Aig an àm seo, tha càraichean a' dèanamh suas còrr is 75 sa cheud den trafaig iomlan air na rathaidean againn agus tha a' mhòr-chuid de thursan ann an Alba air an dèanamh le càr. Tha sinn ag aithneachadh gum bi feum air cleachdadh càraichean prìobhaideach fhathast, gu sònraichte ann an cuid de sgìrean agus dhaibhsan air a bheil ciorram. Ach gabhaidh cuibhreann nach beag de na tursan càir

làithreach a dhèanamh ann an dòighean eile. Fhuair suirbhidh air beachdan a' phobail a-mach bho chionn ghoirid gun do dh'aontaich mu 50 den luchd-freagairt gum biodh e comasach dhaibh gun an càr aca a chleachdadh airson cuid de sheòrsaichean de thursan cumanta. A bharrachd air seo, chan eil cothrom aig 30% de dhachaighean ann an Alba agus aig 60% de dhachaighean leis an teachd a-steach as ìsle air càr. Feumaidh sinn ceuman a bharrachd a gabhail gus an urrainn do dhaoine cothrom fhaighinn air bathar, seirbheisean, goireasan agus ceanglaichean sòisealta gu sàbhailte, gun fheum a bhith aca air càraichean prìobhaideach.

## Na Gnìomhan Againn





Tha sinn air rùnachadh ceuman a ghabhail thairis air raon farsaing de raointean poileasaidh Riaghaltas na h-Alba a leigeas le daoine fa leth agus do bhuidhnean roghainnean siubhail nas fhallaine, nas cothromaiche agus nas seasmhaiche a thaghadh. Chaidh an sgrìobhainn seo a chur ri chèile le Riaghaltas na h-Alba agus Co-chruinneachadh Ùghdarrasan Ionadail na h-Alba (COSLA). Tha e ag aithneachadh gu bheil feum air co-obrachadh leantainneach agus obair com-pàirteachais eadar riaghaltas nàiseanta, roinneil agus ionadail a bharrachd air comainn agus buidhnean tro chomann-sòisealta na h-Alba air fad gus gluasad *nàiseanta* a libhrigeadh ann an giùlan siubhail, gun a bhith a' sònrachadh gum bi lùghdachadh 20 sa cheud cilemeatair anns gach sgìre. Feuchaidh sinn cuideachd ri obrachadh còmhla ri Riaghaltas na RA air cùisean glèidhte, leithid na thèid a chur an àite cìsean motarachaidh, a tha sinn a' creidsinn a tha cudromach ann a bhith a' lùghdachadh cleachdadh chàraichean san àm ri teachd.

Tha sinn air frèam-obrach de ghiùlan siubhail seasmhach a chruthachadh a tha iomchaidh an dà chuid ann an suidheachaidhean dùthchail agus bailteil agus dhaibhsan le diofar fheumalachdan gluasaid. 'S iad sin: a' lùghdachadh **feum air siubhal**, leithid a bhith a' cleachdadh roghainnean air-loidhne gus cothrom fhaighinn air bathar, seirbheisean, goireasan agus ceanglaichean sòisealta, mura faighear cothrom orra gu h-ionadail ann an dòigh sheasmhach; **a' fuireach gu math gu h-ionadail**, le bhith a' taghadh cinn-uidhe ionadail a nì e nas fhasa gluasad gu modhan nas seasmhaiche agus a lùghdaicheas astaran air an dràibheadh ma tha càr fhathast ga chleachdadh; **ag atharrachadh mhodhan** gu coiseachd, cuibhleachadh, baidhsagal no còmhdhail phoblach far a bheil sin comasach; agus a bhith **a' cur tursan còmhla no a' co-roinn thursan** le neach eile (a rèir an stiùiridh slàinte phoblach a th' ann an-dràsta) mas e cleachdadh càir an aon roghainn phractaigeach fhathast. 'S e an t-amas againn cumhachd a thoirt do dhaoine roghainn a thaghadh a tha a rèir an suidheachadh agus am feumalachdan siubhail.

Tha am mapa-slighe againn a' cur air adhart nan gnìomhan a ghabhas sinn gu 2030 gus taic a chumail ris na ceithir giùlanan seo. Sa gheàrr-ùine, 's e gnìomhan gus

giùlanan eadar-dhealaichte a bhrosnachadh a th' anns a mhòr-chuid aca. Tha sinn, ge-tà, dealasach a thaobh a bhith a' coimhead air roghainnean eile gus cleachdadh chàraichean a lùghdachadh barrachd, a' gabhail a-steach a bhith a' cruthachadh Frèam-obrach gus larrtas air Càraichean a Stiùireadh, stèidhichte air barrachd rannsachaidh air roghainnean cothromach gus cleachdadh chàraichean a mhì-bhrosnachadh, ro 2025.



A' lùghdachadh feum air siubhal	A' fuireach gu math gu h-ionadail	A' gluasad eadar modhan	A' cur còmhla no a' co-roinn tursan càir
<p>Faodaidh cleachdadh roghainnean air-loidhne a bhith gu sònraichte cudromach ann an coimhearsnachdan dùthchail no eileanach, far am faodadh astaran do sheirbheisean ionadail a bhith nas fhaide, a bharrachd air a bhith a' ceannach bathar a tha nas duilghe a ghiùlan le siubhal gnìomhach no còmhdhail phoblach. Gabhaidh tide is airgead a shàbhaladh tro bhith a' lùghdachadh siubhal cuideachd.</p> 	<p>Tha seo fìor chudromach ann an sgìrean cathair-bhailteil is suburbach a bharrachd ann am bailtean is bailtean beaga. Tha cothrom air bathar, seirbheisean, goireasan agus ceanglaichean sòisealta gu h-ionadail na bhuannachd do dh'eaconamaidhean ionadail agus a' cuideachadh le bhith ag ath-bheothachadh choimhearsnachdan.</p> 	<p>Dh'fhaodadh gum bi e nas fhasa gluasad gu coiseachd, cuibhleachadh, rothaireachd no còmhdhail phoblach ma chaidh ceann-uidhe ionadail a thaghadh mar-thà. Bheir modhan gnìomhach agus còmhdhail phoblach cothroman seachad airson gnìomhachd chorporra a tha buannachdail do shlàinte chorporra agus sunnd inntinn.</p> 	<p>Tha seo gu sònraichte cudromach ann an cuid de sgìrean, do dhaoine le ciorraman sònraichte agus airson cuid de thursan, far nach eil modh eile practaigeach. Is urrainn co-roinn tursan càir le daoine eile cothroman a chruthachadh airson ceanglaichean sòisealta, a chuireas ri sunnd.</p>  <p><small>*Ma chheadaicheas COVID-19</small></p>

A' lùghdachadh cleachdadh càir airson Alba nas fallaine, nas cothromaiche agus nas uaine  
**Còmhdaidh Alba**



luchair nan Roinnean-seòrsa: ● Tasgadh ● Roachdas

Tha liosta de na prìomh cheuman air an dealbh. Gheibhear liosta de na ceuman uile ann an sgrìobhainn a' Mhapa-slighe.

## I. Cùl-fhiosrachadh

### I.1 Amas agus Geàrr-chunntas

Is e sgrìobhainn ro-innleachdail a tha seo a tha a' mìneachadh nan ceuman a chuireas sinn an sàs gus taic a thoirt do dhaoine gus beatha nas fhallaine, nas cothromaiche agus nas seasmhaiche a bhith aca le bhith a' taghadh dòighean eile air cothrom fhaighinn air bathar, seirbheisean, goireasan agus ceanglaichean sòisealta. Ged a tha foillseachadh a' mhapa-slighe a' cumail taic ri còmhraidh nàiseanta air siubhal seasmhach, tha am pàipear ag amas gu sònraichte air luchd-ùidh nàiseanta, roinneil agus ionadail. Nì sinn conaltradh le gnìomhachasan, coimhearsnachdan agus daoine fa leth mar phàirt den chòmhradh nàiseanta a tha a' dol air adhart.

Ann an a' chiad earrainn den mhapa-slighe againn tha sinn a' toirt a-steach a' cho-theacsa poileasaidh ann an deach an targaid a shuidheachadh, a bharrachd air na buannachdan a gheibh sinn bho bhith a' coileanadh na targaide; anns an dàrna earrainn tha sinn a' toirt cunntas air an t-suidheachadh làithreach agus air an fhianais a chaidh a chleachdadh gus ar frèam-obrach de cheuman fhiosrachadh; anns an treas earrainn tha sinn a' toirt cunntas air a' phasgan de cheuman agus anns a' cheathramh earrainn tha sinn a' mìneachadh na h-obrach a nì sinn san àm ri teachd, a' gabhail a-steach obair a bharrachd le buidhnean com-pàirteachais aig ìre nàiseanta, roinneil agus ionadail. Gheibhear cùl-fhiosrachadh a bharrachd ann an eàrr-ràdh a' mhapa-slighe.

### I.2 Prionnsabalan Stiùiridh

'S e a' chiad phrionnsabal den mhapa-slighe gu bheil e stèidhichte air **co-obrachadh**. Chaidh a chruthachadh còmhla ri Co-chruinneachadh Ùghdarrasan Ionadail na h-Alba (COSLA) agus tha seo a' nochdadh a' phrìomh phàirt a bhios aig obair com-pàirteachais le riaghaltas ionadail agus Com-pàirteachasan Còmhdhail Roinneil, a bharrachd air na com-pàirtichean libhrigidh againn, buidhnean san roinn phoblaich agus gnìomhachasan, ann a bhith a' coileanadh na targaid againn. Thathar a' tuigsinn gu bheil barrachd obrach cho-obrachail ri dhèanamh gus dèanamh cinnteach gu bheil poileasaidh aig ìre nàiseanta air a chur an gnìomh gu h-èifeachdach mar atharrachadh brìoghmhor aig ìre ionadail, a' gabhail a-steach tro bhith a' cur na targaid ann an Ro-innleachdan Còmhdhail Roinneil.

San dàrna àite, tha an dòigh-obrach ag aithneachadh **nach eil aon mhodail a' freagairt air a h-uile suidheachadh**. Is e àrd-amas nàiseanta a th' ann, ach bidh feum air dòigh-obrach shònraichte, stèidhichte air àite gus suidheachaidhean a chruthachadh airson atharrachadh giùlan siubhail ann an coimhearsnachdan agus bailtean de dhiofar seòrsa agus de dhiofar meud air feadh na dùthcha. Ged a tha

àireamh mhòr sa cheud de shluagh na h-Alba cruinnichte ann an sgìrean bailteil, tha sinn ag aithneachadh gum faodadh e a bhith nas duilghe ann an sgìrean dùthchail agus coimhearsnachdan eileanach modhan eile a chur an àite tursan càr, gu sònraichte far a bheil an ìre de sholarachadh còmhdhail phoblach ruigsinneach agus de cheangailteachd aig ìre ìosal. Bidh ceuman le fòcas air modalan didseatach eile agus stèidhichte air co-ionadan gu sònraichte iomchaidh anns na sgìrean sin gus cothrom a thoirt do dhaoine air bathar, seirbheisean, goireasan agus ceanglaichean sòisealta, a bharrachd air cothroman tursan càr a chur còmhla agus a cho-roinn. Tha e cudromach cuimhneachadh gu bheil an targaid sa cheud airson lùghdachadh nàiseanta iomlan, agus nach eil sinn an dùil gun lùghdaich cleachdadh chàraichean ann an sgìrean dùthchail agus coimhearsnachd eileanach aig an aon ìre ri bailtean-mòra agus cathair-bhailtean.

San treas àite, tha e air a dhaingneachadh leis a' ghealltanais againn **eadar-ghluasad cothromach**<sup>1</sup> a bhith ann gu neoni eimiseanan gas an taigh-ghlainne a bharrachd air na prionnsapalan a bhith **a' togail beairteas coimhearsnachd**<sup>2</sup> gus buannachdan agus cothroman co-ionann a chruthachadh do dhaoine air feadh na h-Alba. Thèid seo a choileanadh le bhith a' cumhachdachadh choimhearsnachdan gus pàirt a ghabhail sa chòmhradh nàiseanta againn air siubhal seasmhach. Gheibh daoine taic gus roghainnean siubhail eile a dhèanamh a chuidicheas le bhith a' neartachadh eaconamaidhean ionadail agus a leigeas le gach neach buannachdan fhaighinn bho bhith gnìomhach air a' ghnàth-shìde, agus aig an aon àm a bhith a' dèanamh cinnteach nach bi uallach mì-chothromach air an fheadhainn leis a' chomas as lugha air pàigheadh agus gun tèid dèiligeadh ri neo-ionannachdan a th' ann mar-thà, agus nach tèid cur riutha.

### 1.3 Co-theacs poileasaidh

Tha ùrachadh Plana Atharrachadh Gnàth-shìde na h-Alba (*Scotland's Climate Change Plan update - CCPu*), a chaidh fhoillseachadh san Dùbhlachd 2020, a' foillseachadh gealltanais gus cilemeatairean càir a lùghdachadh 20 sa cheud ro 2030, gus an urrainn dhuinn an targaid againn airson cothromachadh carbon a thaobh eimiseanan a choileanadh ro 2045<sup>3</sup>. 'S e Còmhdhail an roinn as motha ann an Alba a tha a' sgaoileadh gasaichean taigh-ghlainne, agus e a' sgaoileadh 29% dhiubh ann an Alba<sup>4</sup>. Taobh a-staigh còmhdhail, 's e an càr am modh còmhdhail a tha a' dèanamh an CO<sub>2</sub> as motha. Ann an 2018, rinn càraichean 38 sa cheud de dh'eimiseanan còmhdhail na h-Alba.<sup>5</sup> Gheibhear barrachd fiosrachaidh air a' mhodaladh air a bheil an targaid 20 sa cheud stèidhichte ann an eàrr-ràdh a' mhapa-slighe.

Tha an CCPu ag ràdh ged a bhios fuasglaidhean teicneòlach air leth cudromach ann an cuid de raointean, gu bheil feum air cruth-atharrachadh cuideachd, le atharrachadh giùlain agus stiùireadh iarrtais a dhith gus na targaidean lùghdachadh

eimiseanan againn a choileanadh.<sup>6</sup> Tha seo air sgàth gur e iarrtas freumhaichte no *derived demand* a th' ann an còmhdhail – tha far a bheil daoine a' fuireach, ag obair, ag ionnsachadh agus a' faighinn cothrom air bathar, seirbheisean, goireasan agus ceanglaichean sòisealta uile cudromach a thaobh feum air siubhail. Gus cilemeatairean càir a lùghdachadh feumaidh sinn ceuman a ghabhail gus dèiligeadh ri far a bheil seirbheisean agus goireasan gan stèidheachadh agus gus barrachd ruigsinneachd air-loidhne a chur an comas, a bharrachd air a bhith a' toirt taic do dhaoine gus am modh siubhail aca atharrachadh. Gus an lùghdachadh a libhrigeadh, bidh feum air obair thar-roinneil a tha a' gabhail a-steach barrachd na poileasaidh còmhdhail.

Còmhla ri CCPu, tha Ro-innleachd Nàiseanta Riaghaltas Còmhdhail na h-Alba (*National Transport Strategy* - NTS2) a' suidheachadh 'gnìomhach a thaobh na gnàth-shìde' mar fear de na ceithir prìomhachasan aige<sup>7</sup>. Tha NTS2 cuideachd a' mìneachadh Rangachadh an Tasgaidh Sheasmhaich le 'lùghdachadh feum air siubhal neo-sheasmhach' aig a' mhullach. Tha Rangachadh an t-Siubhail Sheasmhaich a' dol leis a seo a tha a' brosnachadh coiseachd, cuibhleachadh, rothaireachd, còmhdhail phoblach agus còmhdhail cho-roinnte os cionn cleachdadh chàraichean phoblach<sup>8</sup>.

Cuidichidh an dàrna Lèirmheas air Pròiseactan Còmhdhail Ro-innleachdail (*Strategic Transport Projects Review* - STPR2) a tha ri thighinn<sup>9</sup>, còmhla ri planaichean nàiseanta eile leithid ar ceathramh Frèam-obrach Dealbhaidh Nàiseanta (NPF4)<sup>10</sup>, CCPu<sup>11</sup>, Plana Tasgadh Bun-structair (*Infrastructure Investment Plan* - IIP)<sup>12</sup> agus Ro-innleachd Nàiseanta airson Atharrachadh Eaconamach<sup>13</sup> gus an lèirsinn, na prìomhachasan agus na builean a libhrigeadh airson còmhdhail mar a tha air a mhìneachadh taobh a-staigh NTS2.

Tha STPR2 na lèirmheas nàiseanta, stèidhichte air fianais, air coileanadh an lionra còmhdhail ro-innleachdail thar gach modh – coiseachd, baidhsagal, bus, rèile, rathad agus ceangailteachd eileanach san fharsaingeachd. Minichidh e mar a chuireas na tasgaidhean a thathar a' moladh ri cothromachadh carbon ann an eimiseanan gasaichean an taigh-ghlainne agus ri beairteas in-ghabhalach, a bharrachd air a bhith a' libhrigeadh prìomhachasan eile NTS2 airson na siostam còmhdhail againn: gus neo-ionannachd a lùghdachadh; gus gnìomhan a ghabhail air a' ghnàth-shìde agus gus piseach a thoirt air ar slàinte is sunnd.

Agus sinn a' leantainn air adhart le ath-bheòthachadh uaine bhon ghalar sgaoilte, cha robh e a-riamh nas cudromaiche gun dèanamaid co-dhùnaidhean stèidhichte air fianais a thaobh mar a bhios Riaghaltas na h-Alba a' tasgadh airgead poblach. Tha e deatamach gun tèid tasgadh a dhèanamh ann am poileasaidh agus bun-structair, an dà chuid ann an còmhdhail agus taobh a-muigh còmhdhail, a chumas taic ri ìrean nas lugha de chleachdadh chàraichean gus Alba nas fhallaine, nas cothromaiche



agus nas beartaiche a libhrigeadh do na coimhearsnachdan, gnìomhachasan agus luchd-tadhail againn.

## **I.4 Co-theacsa Sòisealta**

Tha galar lèir-sgaoilte COVID-19 fhathast a' toirt buaidh mhòr air gach raon de ar beatha ann an Alba agus tha ath-shlànachadh bhon ghalair lèir-sgaoilte a' toirt dhuinn cothrom a bhith a' tighinn beò agus ag obair ann an dòigh eadar-dhealaichte. Tron chiad ghlasadh-sìos nuair a bha ìre na trafaig mòran na b' ìsle bha cothrom aig mòran dhaoine na buannachdan fhaicinn bho shràidean na bu sàmhach, nach robh cho truailliche, a bha a' faireachdainn na bu shàbhailte agus na b' fheàrr do thòrr dhaoine airson a bhith a' coiseachd is a' rothaireachd. Bha cothrom aig daoine cuideachd a bhith a' coimhead air mar a ghabhadh na feumalachdan aca a choileanadh, a thaobh ruigsinneachd air bathar, seirbheisean, goireasan agus ceanglaichean sòisealta fhathast fhad 's a bha iad a' siubhal nas lugha agus a' fuireach nas fhaisg air an dachaigh.

Bha daoine ann an cuid de sheòrsaichean obrach comasach air obrachadh bhon dachaigh agus tha suirbhidh dàta bhon luchair 2021 a' sealltainn gu bheil 38 sa cheud den bheachd gun obraich iad bhon taigh nas trice san àm ri teachd<sup>14</sup>. Ged a dh'fhaodadh buaidh chudromach a bhith aig obair shùbailte air siubhal coimiutair a lùghdachadh, a bharrachd air a bhith a' cuideachadh dhaoine gus na buannachdan sòisealta is sunnd fhaighinn bho bhith a' tighinn beò nas ionadaile, thathar ag aithneachadh nach bi obair san dachaigh comasach airson iomadh dreuchd, agus nach bi e practaigeach do chuid de dhaoine le dreuchdan stèidhichte aig deasg aig nach eil àrainneachdan dachaigh a tha iomchaidh airson obair. A bharrachd air seo, dh'fhaodadh gun tèid sàbhalaichean eimiseanan sam bith bho shiubhal nas lugha a chothromachadh le barrachd eimiseanan bho lùtha dachaigh<sup>15</sup>, agus mar sin feumaidh sinn cumail oirnn a' comasachadh roghainnean coimiutadh seasmhach, a bharrachd air leigeil le daoine a bhith ag obair bhon taigh far a bheil sin comasach.

Tha e cudromach aithneachadh, ged a bha buaidh shusbainteach aig a' ghalair lèir-sgaoilte air giùlan siubhail san ùine ghoirid, gu bheil a' meas gu bheil na buaidhean san fhad-ùine a dh'fhaodadh tachairt ro 2030, beag an taca ris an ìre de dh'atharrachadh a bhios a dhìth tron eaconamaidh air fad gus targaidean eimiseanan na h-Alba a choileanadh<sup>16</sup>. Mar sin, feumaidh sinn feum a dhèanamh de na cothroman a chunnacas tro atharrachaidhean sealach ann an giùlan siubhail bho chionn ghoirid agus feumaidh sinn taic a thoirt do dhaoine fa leth leis na h-atharrachaidhean poileasaidh agus bun-structair a tha a dhìth gus lùghdachadh nas motha a chur an comas airson cleachdadh chàraichean san àm ri teachd.

## **I.5 Eadar-ghluasad cothromach**

Tha sinn ag aithneachadh gum bi e nas dùbhланаiche do chuid cleachdadh càir a lùghdachadh sa gheàrr-ùine, gu sònraichte daoine a tha a' fuireach ann an coimhearsnachdan dùthchail is eileanach; daoine air a bheil ciorraman sònraichte no gnìomhachasan far is dòcha bheil cleachdadh càir nas cudromaiche. Ach tha sinn cuideachd ag aithneachadh neo-ionannachd an t-suidheachadh làithrich ag tha a' comasachadh cleachdadh chàraichean an àite mhodhan eile, agus far nach eil fheadhainn air teachd a-steach nas ìsle, daoine òga is nas sine, boireannaich, daoine air a bheil ciorram agus cuid de bhuidhnean mion-chinnidh cho dualtach cothrom fhaighinn air càr<sup>17,18</sup>. Cha dèanadh leudachadh air ruigsinneachd charbadan prìobhaideach ach a bhith a' cur ri droch bhuidhean bho chàraichean, a tha a' toirt buaidh gu sònraichte air an fheadhainn as so-leònte sa chomann-shòisealta mar a tha fhios againn.<sup>19</sup>.

Mar sin chaidh am mapa-slighe againn a chruthachadh a rèir ar gealltanais a bhith a' gluasad gu cothromach gu comann-shòisealta le cothromachadh carbon<sup>20</sup>, leis am bi sinn a' cur ri ruigsinneachd bathar, sheirbheisean, ghoireasan agus cheanglaichean sòisealta tro dhòighean seasmhach, gun a bhith a' leudachadh ruigsinneachd air carbadan prìobhaideach. Tha sinn cuideachd gu mòr airson dèanamh cinnteach nach cuir na cosgaisean uallach air an fheadhainn leis a chomas as lugha am pàigheadh, agus gu bheil a' faighinn buannachdan ge b' e far a bheil daoine a' fuireach, cò iad agus dè bhios iad a' dèanamh. Tha e cudromach cuimhneachadh gur e an targaid lùghdachadh 20 sa cheud ann an cilemeatairean càir air feadh na h-Alba gu lèir seach targaid gus am bi an aon lùghdachadh sa cheud ann airson cleachdadh càraichean airson gach sgìre de dh'Alba no gu dearbha gach neach ann an Alba. Tha e cudromach a chur an cèill a-rithist gu bheil sinn air gealtainn dèanamh cinnteach gu bheil cothrom air bathar, seirbheisean, goireasan agus ceanglaichean sòisealta ann an carbad prìobhaideach fhathast do dhaoine fa-leth mar an fheadhainn air a bheil ciorraman sònraichte agus aig nach eil roghainnean practaigeach eile.

## **I.6 Buannachdan nas fharsainghe bho bhith a' lùghdachadh cleachdadh chàraichean**

A bharrachd air dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-shìde, bheir lùghdachadh ann an cleachdadh chàraichean taic do na trì prìomh raointean eile a tha air am mìneachadh ann an NTS2: 'neo-ionannachd a lùghdachadh'; 'cuideachadh le bhith a' libhrigeadh fàs eaconamach in-ghabhalach'; agus 'a' cur ri slàinte is sunnd'<sup>21</sup>. Le bhith a' lùghdachadh prìomhachas nan càraichean prìobhaideach, bheir seo piseach air na h-àiteachan poblach againn, gan dèanamh nan àiteachan nas tarraingiche, nas sàbhailte agus nas fhallaine airson a bhith a' fuireach, ag obair agus a' cur

seachad ùine, a bharrachd air a bhith a' cur ri prìomhachasan nas fharsainghe a tha air am mìneachadh san Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta againn<sup>22</sup>.

### **1.6.1 A' Lùghdachadh neo-ionannachd**

Bheir còmhdhail buaidh air co-ionannachdan le bhith a' toirt cothrom air foghlam, cosnadh, cùram-slàinte agus bathar, seirbheisean, goireasan agus ceanglaichean sòisealta eile a bhrosnaicheas beairteas a bharrachd air slàinte is sunnd<sup>23, 24, 25</sup>. Bidh e cuideachd a' toirt buaidh air co-ionannachd tro bhith a' sgaoileadh nan droch bhuidhean aig còmhdhail mì-shàbhailte no neo-sheasmhach, gu neo-ionann<sup>26, 27</sup>. Ann an 2019, aig an ìre nàiseanta, cha robh cothrom aig 60 sa cheud de dhachaighean le teachd a-steach nas lugha na £10,000 sa bhliadhna air càr, agus dhaibhsan le teachd-a-steach bliadhnaile san dachaigh de £50,000 no nas àirde, bha am figear aig 3 sa cheud.<sup>28</sup> Ged a tha e nas dualtaiche gum bi cothrom aig an fheadhainn air teachd a-steach ìosal ann an sgìrean dùthchail air càr na ann an sgìrean bailteil, chan eil cothrom air càraichean ann an sgìrean dùthchail uile-choitcheann idir. Tha ruigsinneachd is cleachdadh chàraichean cuideachd nas ìsle am measg bhuidhnean eile a' gabhail a-steach boireannaich, seann daoine agus daoine òga, daoine air a bheil ciorram agus daoine de chinnidhean Albannach neo Breatannach nach eil geal<sup>29</sup>. Ach fad iomadh deichead, tha co-dhùnaidhean air poileasaidh agus tasgadh air prìomhachas a thoirt do spàs agus ruigsinneachd airson luchd-cleachdaidh càir.

Tha seo air fàgail gun bheil daoine nach urrainn càr a chleachdadh air an dùnadh a-mach bho bhith a' dol gu cuid de chinn-uidhe gu sàbhailte, agus aig an aon àm gu bheil iad a' fulang droch bhuidhean bho dhaoine eile a' cleachdadh chàraichean. Faodaidh poileasaidh còmhdhail neo-chothromach a dhol còmhla ri neo-ionannachd teachd-a-steach gus bochdainn còmhdhail a chruthachadh, far am bi daoine ann an cunnart an dàrna cuid bho aonaranachd shòisealta, no fiachan bho bhith a' cosg airgead air cleachdadh chàraichean<sup>30</sup>. Le bhith a' lùghdachadh cleachdadh chàraichean ann an Alba bidh e comasach spàs a chleachdadh ann an dòigh eadar-dhealaichte agus a bhith a' tasgadh ann an sràidean agus àiteachan poblach gus am faigh a h-uile duine cothrom orra gu furasta agus gu sàbhailte, agus chan e a-mhàin an fheadhainn aig a bheil cothrom air càraichean. Mar sin, cuidichidh seo gus dèiligeadh ri bochdainn còmhdhail agus gus Alba nas cothromaiche a libhrigeadh. Bidh càr fhathast na roghainn airson tursan far nach eil modhan siubhail eile practaigeach.

### **1.6.2 A' libhrigeadh soirbheas eaconamach in-ghabhalach a dh'ionnsaich eaconamaidh sunnd**

Tha gluasad èifeachdach is earbsach de dhaoine agus de bhathar deatamach gus beairteas eaconamach in-ghabhalach a choileanadh. Ach tha ìrean àrda de thrafaig



agus riarachadh neo-èifeachdach de spàs air rathaidean ag adhbharachadh dùmhlachd, a dh'fhaodadh droch bhuaidh a thoirt air an eaconamaidh<sup>31, 32</sup>. Tha cleachdadh chàraichean, a' gabhail a-steach a' chuibhreann àrd de thursan càr le dìreach aon neach agus an t-àite a thathar a' cleachdadh airson pàirceadh, a' cur ri cleachdadh neo-èifeachdach de spàs rathaid agus ri dùmhlachadh nas miosa. Le bhith a' lùghdachadh cleachdadh chàraichean is urrainn dhuinn àite-sràide a thoirt seachad airson modhan siubhail eile a tha nas èifeachdaiche a thaobh rùm, a' gabhail a-steach coiseachd, cuibhleachadh, baidhsagal agus cleachdadh bhusaichean is choidsichean, a chuidicheas le bhith a' lùghdachadh dùmhlachd agus a' toirt piseach air amannan siubhail airson luchd-cleachdaidh rathaid air fad<sup>33</sup>. Tha seo cudromach dhan eaconamaidh san fharsaingeachd, ach tha e gu sònraichte cudromach gus *beairteas eaconamach in-ghabhalach* a chur an comas, le bhith a' toirt cothrom dhaibhsan aig nach eil cothrom air càr siubhal gu sàbhailte agus gu h-earbsach do chothroman foghlaim is cosnaidh.

Is urrainn lùghdachadh cleachdadh chàraichean buannachdan eaconamach a chruthachadh aig ìre ionadail cuideachd, le rannsachadh a' sealltainn gun urrainn tasgadh ann an leasachaidhean san raon phoblach, a' gabhail a-steach an fheadhainn gus coiseachd, cuibhleachadh agus baidhsagal a bhrosnachadh, buannachdan mòra a thoirt do ghnìomhachasan, le fianais làidir gu bheil daoine a tha a' coiseachd a' cosg barrachd na daoine a' tighinn ann an càr<sup>34, 35</sup>. Is urrainn seo cuideachd taic a chumail ri *soirbheachas eaconamach in-ghabhalach*, leis gu bheil e a' cuideachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil gnìomhachasan ionadail agus obraichean ionadail nas ruigsinniche air an dìon.

### 1.6.3 A' toirt piseach air slàinte agus sunnd

Bheir cleachdadh chàraichean droch buaidh air slàinte is sunnd an dà chuid do dhaoine a bhios a' cleachdadh chàraichean is daoine nach bi. Tha truailleadh bho chnàmh thaidhricean is bhrèigean, a bhios cuideachd a' tachairt le carbadan dealain, a' cur gu mòr ri droch chàileachd adhair, le timcheall air 1,700 bàs ro-thràth air an adhbharachadh le truailleadh èadhair ann an Alba gach bliadhna<sup>36</sup>. Bidh cleachdadh chàraichean cuideachd a' cur ri iomadh leòn is bàs air an rathad<sup>37</sup>. Tha cleachdadh càir a' lùghdachadh cothroman dhaoine airson siubhal gnìomhach, agus fios againn gum bi cha mhòr 2,500 bàs ann an Alba gach bliadhna mar thoradh air seo<sup>38</sup>. A bharrachd air sin, bidh càraichean a' cur ri truailleadh fuaim agus a' dealachadh choimhearsnachdan bho chèile, le trafaig agus carbadan pàircte a' cur bacadh air eadar-obrachadh coimhearsnachd agus a' toirt droch bhuaidh air càileachd nan àiteachan poblach<sup>39, 40</sup>. Tha e cudromach toirt fa-near gun bheil rannsachadh a' sealltainn gu bheil droch bhuaidhean aig cleachdadh chàraichean, a' gabhail a-steach droch chàileachd adhair agus tubaistean, a' toirt buaidh neo-chothromach air buill nas so-leònte den chomann-shòisealta, a' gabhail a-steach

clann agus seann daoine, a bharrachd air an fheadhainn a tha a' fuireach ann an sgìrean fo ana-cothrom<sup>41</sup>.

Bidh cleachdadh chàraichean cuideachd a' cur ri atharrachadh na gnàth-shìde a tha mar-thà a' toirt buaidh air slàinte is sunnd tro na buaidhean corporra is inntinn aig tachartasan fìor dhroch shìde leithid fìor theas agus tuiltean<sup>42</sup>. Air an làimh eile, le bhith a' saoradh àite a tha carbadan prìobhaideach a' cleachdadh aig an àm seo, cruthaichidh seo cothroman barrachd àiteachan uaine is fosgailte a chruthachadh dhan choimhearsnachdan às am faigh iad tlachd, agus a tha a' cur gu math ri ìrean slàinte is sunnd. A bharrachd air sin, faodaidh raointean uaine agus bun-structar siubhal gnìomhach cuideachadh le drèanadh seasmhach ann am bailtean, a' lùghdachadh buaidh thuiltean, agus faodaidh planntachadh chraobhan sràide sgàil a thoirt seachad agus cuideachadh le bhith a' cur an-aghaidh buaidhean "eilean teas" bailteil, a' toirt barrachd àite do nàdar agus luchd-coiseachd agus ag adhbharachadh barrachd dìon an aghaidh fìor dhroch shìde.

Mar a chaidh a mhìneachadh san earrainn mu bhith a' lùghdachadh neo-ionannachd, tha siostaman còmhdhail a' toirt cothrom do dhaoine bathar, seirbheisean, goireasan agus ceanglaichean sòisealta a ruigsinn a tha riatanach airson deagh shlàinte is sunnd. Faodaidh siostam còmhdhail a tha air a dhealbhadh timcheall air cleachdadh chàraichean ruigsinneachd a dhèanamh nas duilghe do dhaoine aig nach eil càr, agus mar sin tha e a' cuingealachadh a' chomais aig daoine cothroman a bhrosnaicheas slàinte a ruigsinn<sup>43</sup>. Tha cruthachadh àiteachan agus coimhearsnachdan fallain is seasmhach far an urrainn daoine siubhal le siubhal gnìomhach no còmhdhail phoblach air a chomharrachadh gu cunbhalach mar phrìomh cheum gus piseach a thoirt air slàinte is sunnd adhartachadh agus gus neo-ionannachd slàinte a lùghdachadh<sup>44, 45, 46</sup>.

Tha feachd-obrach fallain cuideachd na phàirt riatanach de bhith a' libhrigeadh soirbheas eaconomach in-ghabhalach. Tha fianais ann gun cuidich gnìomhachd chorporra le bhith a' lùghdachadh trioblaidean slàinte a tha nan adhbharan mòra airson daoine a bhith far an cuid obrach tinn, a' fàgail gum bi tarbhachd nas fheàrr agus cosgaisean nas ìsle do luchd-fastaidh<sup>47</sup>. Tha deagh bhuidhe aig àiteachan a tha air an deagh dhealbhadh agus a leigeas le daoine siubhal tro mhodhan gnìomhach air ìrean slàinte is sunnd san fharsaingeachd agus dh'fhaodadh sàbhaladh chosgaisean a bhith aig na siostaman slàinte is cùram sòisealta mar thoradh air seo<sup>48</sup>.

## 2. An suidheachadh làithreach agus an dòigh-obrach againn a thaobh atharrachadh

### 2.1 Giùlan làithreach a thaobh cleachdadh chàraichean

A rèir Scottish Transport Statistics 2020, tha càraichean a' dèanamh suas còrr is 75 sa cheud den trafaig iomlan air na rathaidean againn agus tha a' mhòr-chuid de thursan ann an Alba air an dèanamh le càr<sup>49</sup>. Ann an 2019, rinneadh 65 sa cheud de thursan mar dhràibhear no pasaindear ann an càr. Tha an àireamh seo air a bhith a' fàs, agus tha na cilemeatairean càir uile gu lèir air fàs cuideachd. Eadar 2009 agus 2019, chaidh an àireamh de chilemeatairean càir a dhràibh dhaoine an Alba suas 7 sa cheud, ged nach deach an sluagh suas ach mu 4.5%<sup>50</sup>. Tha an uiread de thursan càr anns nach eil ach aon duine sa chàr air fàs san àm seo cuideachd.

Tha e cudromach aithneachadh gu bheil àireamh bheag de thursan fada a' dèanamh suas ceudad mì-rèireach de na cilemeatairean càir iomlan, le timcheall air 4 sa cheud de thursan (an fheadhainn a tha nas àirde na 55 cilemeatair) a' dèanamh suas faisg air 30 sa cheud de na cilemeatairean iomlan air an dràibheadh ann an 2019. Air an làimh eile, a dh'aindeoin 's gun robh 45 sa cheud de thursan nas lugha na 8 cilemeatair a dh'fhaid, bha iad sin a' dèanamh suas dìreach 12 sa cheud de thursan bho na cilemeatairean càir iomlan ann an 2019<sup>51</sup>. B' e na h-adhbharan as cumanta airson tursan ann an càr no bhan ann an 2019: siubhal a dh'obair (28 sa cheud); a' dol do na bùithtean (23 sa cheud); agus cur-seachadan (19 sa cheud), le 4 sa cheud airson foghlam, 3 sa cheud airson gnìomhachas, 1 sa cheud airson saor-làithean agus 21 sa cheud airson adhbharan eile<sup>52</sup>. Bha na figearan seo aig mun aon ìre sna bliadhnaichean ron ghalar lèir-sgaoilte. Dhe na h-inbhich le obair ann an Alba, chaidh 68% dhan obair ann an càr ann an 2019, agus ann an sgìrean dùthchail, bha am figear seo nas àirde na 80 sa cheud<sup>53</sup>.

Tha daoine a tha a' fuireach ann an sgìrean dùthchail nas dualtaiche cothrom a bhith aca air càr agus càr a chleachdadh, agus a chleachdadh nas trice. Ann an sgìrean dùthchail iomallach ann an 2019 bhiodh còrr is 70 sa cheud de dhaoine nas sine na 17 a' dràibheadh co-dhiù trì tursan san t-seachdain, an coimeas ri dìreach 46 sa cheud de dhaoine a bha a' fuireach ann an sgìrean bailteil mòra<sup>54</sup>. Faodar seo a mhìneachadh gu ìre le nas lugha de ruigsinneachd air còmhdhail phoblach tric agus earbsach ann an sgìrean dùthchail, le mion-sgrùdadh a' sealltainn gu bheil an ìre ruigsinneachd as ìsle air seirbheisean bus aig 84 sa cheud de sgìrean dùthchail<sup>55</sup>. Ach, ged a tha ruigsinneachd air càraichean nas àirde ann an sgìrean dùthchail na ann am sgìrean bailteil, chan eil e uile-choitcheann idir, le teaghlaichean dùthchail le teachd-a-steach nas àirde gu math nas buailtiche cothrom a bhith aca air càr na tha dachaighean dùthchail le teachd a-steach nas ìsle. Mar a chaidh a mhìneachadh roimhe, tha neo-ionannachd a thaobh ruigsinneachd air càraichean prìobhaideach a'

dol nas fhaide na dìreach teachd a-steach, le daoine òga, seann daoine, boireannaich, daoine air a bheil ciorram agus buidhnean cinnidheach neo-gheal Albannach no Breatannach uile nas dualtaiche gun cothrom a bhith aca air càr na an sluagh san fharsaingeachd<sup>56</sup>.

A bharrachd air neo-ionannachd ann an cothrom air càraichean, tha fios againn nach eil cilemeatairean càir air an sgaoileadh gu co-ionann eadar sgìrean ùghdarras ionadail na h-Alba, le cilemeatairean càir gach duine nas ìsle ann an sgìrean ùghdarrasan ionadail bailteil na ann an sgìrean ùghdarras ionadail dùthchail<sup>57</sup>. Mar eisimpleir, ged a tha Glaschu na dachaigh do 12 sa cheud de shluagh na h-Alba chan eil ach 7.6 sa cheud de chilemeatairean càr iomlan na h-Alba air an dràibheadh taobh a-staigh sgìre ùghdarras ionadail Ghlaschu, an taca ri sgìre ùghdarras ionadail na Gàidhealtachd, far a bheil 6 sa cheud de chilemeatairean càr iomlan gan dèanamh ged nach eil ach 4 sa cheud de shluagh na dùthcha a' fuireach ann. Thathar ag aithneachadh ge-tà nach bu chòir a h-uile pìos dràibhidh a thachras air rathaidean dùthchail a bhith air a chomharrachadh mar 'thursan dùthchail', oir tha fiosrachadh mu thùsan agus cinn-uidhe thursan a' sealltainn gu bheil timcheall air 30 sa cheud den astar iomlan a thèid a shiubhal a' tighinn bho thursan a thòisicheas agus a thig gu crìch ann an sgìrean bailteil, ag èirigh gu 40 sa cheud ma thèid tursan a thòisicheas agus a thig gu crìch ann am bailtean beaga ruigsinneach a ghabhail a-steach cuideachd. Gheibhear clàran fiosrachaidh ann an eàrr-ràdh a' mhapa-slighe.

Ged a dh'adhbharaich galar lèir-sgaoilte COVID-19 buaidh de sheòrsa nach fhacas a-riamh roimhe air còmhdhail is siubhal ann an Alba, le buaidh sònraichte air turasan gu obair mar thoradh air dùnadh sealach àiteachan obrach sealach, tha trafaig chàraichean air prìomh rathaidean a-nis faisg air na h-ìrean ron ghalair lèir-sgaoilte<sup>58</sup>. Is e an treand a th' ann an dràsta a bhith a' dràibheadh barrachd chilemeatairean càir gach bliadhna seach nas lugha. Cha bhi e comasach cilemeatairean càir a lùghdachadh 20 sa cheud ro 2030 dìreach le bhith ag amas air na tursan as giorra no tursan a dh'obair far a bheil e nas fhasa do dhaoine gluasad gu siubhal gnìomhach no còmhdhail phoblach. Feumar dòigh-obrach nas coileanta a bheir taic do dhaoine gus siubhal nas lugha, a bhith ag atharrachadh gu cinn-uidhe nas ionadaile agus a' lùghdachadh turasan aon neach far an gabh sin dèanamh.

## 2.1.2 Cothroman agus Atharrachadh

Ged a tha dàta làithreach a' sealltainn gu bheil ìrean àrda de chleachdadh càir ann, tha suirbhidhean de bheachdan a' phobaill a' sealltainn gu bheil am poball ag iarraidh atharrachadh. Ann an suirbhidh a rinneadh bho chionn ghoirid, dh'aontaich 73 sa cheud den luchd-fhreagairt '*air sgàth na h-àrainneachd, bu chòir a h-uile duine cleachdadh an cuid chàraichean a lùghdachadh*, agus dh'aontaich 43 sa cheud gun robh iad '*deònach an uiread sa bhios iad a' siubhal sa chàr a lùghdachadh gus buaidh atharrachadh na gnàth-shìde a lùghdachadh*'.<sup>59</sup>


Tha an taic seo a rèir na h-aithisg às ùire aig Seanadh Gnàth-shìde na h-Alba, anns an do dh'aontaich 91 sa cheud den bhallrachd aige, a chaidh a thaghadh a dh'aona-ghnothaich gus a bhith gu ìre mhòr riochdachail air an t-sluagh, gum bu choir dhuinn *'foghlam a thoirt seachad do na h-uile gus taic a chumail ris an eadar-ghulasad eadar cleachdadh chàraichean agus còmhdhail phoblach is ghnìomhach gus an aithnich daoine na buaidhean air a' ghnàth-shìde agus gun atharraich iad an cuid giùlain gu deònach'*, gus deiligeadh ri èiginn na gnàth-shìde ann an dòigh èifeachdach is cothromach.<sup>60</sup> Thug Seanadh na Gnàth-shìde fa-near cuideachd gu bheil na buill aige a' toirt taic do raon de ghnìomhan gus cleachdadh chàraichean a lùghdachadh, a' gabhail a-steach *'leasachaidhean san t-siostam còmhdhail phoblach againn agus culaidhean-bhrosnachaidh eaconamach gus dèanamh cinnteach gu bheil e cothromach do na h-uile'*. A bharrachd air sin, chuir 63 sa cheud de bhuill an t-Seanaidh taic ri moladh gus *'cìsean rathaid airson cleachdadh chàraichean prìobhaideach àrdachadh mean air mhean agus an teachd-a-steach a chleachdadh gus subsadaidh a thoirt do chòmhdhail phoblach'*, ag ràdh gu bheil iad den bheachd seo a chionn 's gur e *'ar n-amas an àireamh chàraichean air an rathad a lùghdachadh mean air mhean agus mar sin a bhith a' lùghdachadh eimiseanan a thig bho chruthachadh agus cleachdadh chàraichean'*<sup>61</sup>. Tha seo co-chòrdail ri rannsachadh eile san RA bho chionn ghoirid, a fhuair a-mach gu bheil beachdan poblach mu prìsean rathaid air gluasad air adhart bho na 2000an, agus ann an 2021 gu bheil barrachd dhaoine a' toirt taic ri prìsean rathaid mar bhun-bheachd na tha na aghaidh, le mòr-chuid ag aontachadh gum biodh prìsean rathaid a' lùghdachadh dùmhlachd agus truailleadh<sup>62</sup>.

A bharrachd air na co-dhùnidhean bho Sheanadh na Gnàth-shìde, lorg rannsachadh air beachdan agus giùlan aig sampall riochdachail de dhaoine a tha a' fuireach agus a' dràibheadh ann an cathair-bhailtean is bailtean-mòra na h-Alba gun robh 70 sa cheud den luchd-fhreagairt ag aontachadh gum *'bu chòir dha a bhith comasach dhan a h-uile duine nas turasan as trice aca a dhèanamh gun chàr'*; agus dh'aontaich 80 sa cheud gu bheil e *'cudromach do Riaghaltas na h-Alba cothrom a thoirt do dhaoine deagh bheatha a bhith aca gun a bhith feumach air càr'*. Chomharraich an aon sgrùdadh gu bheil 71 sa cheud den bheachd *'bu chòir gum biodh e comasach do dhaoine na feumalachdan aca a choileanadh taobh a-staigh turas 20 mionaid air chois, air baidhsagal no air còmhdhail phoblach ionadail bhon dachaigh aca'*<sup>63</sup>. Gheibhear geàrr-chunntas de bheachdan poblach agus rannsachadh bheachdan a bharrachd a rinneadh a thaobh na targaid gus cilemeatairean càir a lùghdachadh 20 sa cheud ann an eàrr-ràdh a' mhapa slighe.

## **2.2 Frèama-obrach gus cleachdadh-càr a lùghdachadh**

Gus coinneachadh ris an targaid gus cilemeatairean càir a lùghdachadh 20 sa cheud, feumaidh cothrom agus co-theacs a bhith aig daoine air feadh na h-Alba gus atharrachadh a thoirt air an dòigh sam faigh iad cothrom air bathar, seirbheisean,

goireasan agus ceanglaichean sòisealta; agus feumaidh gnìomhachasan, buidhnean poblach agus san treas roinn taic a thoirt dhan luchd-ceannachd, cliantan agus luchd-obrach gus na h-atharrachaidhean sin a dhèanamh. Is e dleastanas an riaghaltais, ann an co-obrachadh le prìomh luchd-ùidh eile, cruth-tìre poileasaidh a chruthachadh de phoileasaidhean còmhdhail agus neo-chòmhdhail a bheir comas do dhaoine gabhail ri giùlan siubhail seasmhach. Bidh atharrachadh giùlain aig *neach fa leth* a' tachairt ann an co-theacs nan *àrainneachdan sòisealta* agus *stuthach* anns a bheil daoine a' tighinn beò, agus tha am mapa-slighe againn a' mìneachadh nan ceuman a bheir comas do dhaoine dòighean-beatha nas fheàrr a bhith aca le bhith a' cruthachadh co-theacs sòisealta agus stuthach far a bheil cleachdadh chàraichean nas lugha na dhòigh-giùlain furasta, tarraingeach agus àbhaisteach gus gabhail ris<sup>64</sup>.



The Individual, Social and Material (ISM) model of behaviour change  
 Tùs: Southerton et al, 2011

Thathar a' tuigsinn, ge-tà, gu bheil atharrachadh aig ìre an neach fa leth agus aig ìre siostam ceangailte, agus gu bheil miann aig ìre choimhearsnachdan agus dhaoine fa-leth airson atharrachadh nan dràibhearan cudromach airson atharrachadh poileasaidh aig ìre siostaim<sup>65, 66</sup>. Mar phàirt den chòmhradh nàiseanta againn air



giùlan siubhail seasmhach, leanaidh sinn oirnn a' conaltradh le daoine fa leth, le coimhearsnachdan, gnìomhachasan agus buidhnean poblach agus san treas roinn mu cho cudromach is luachmhor 's a tha lùghdachadh cleachdadh chàraichean gus beatha nas fhallaine, nas cothromaiche agus nas seasmhaiche a chur an comas.







Interaction between structural, social and personal contexts for change  
 Tùs: UNEP DTP Partnership. Emissions Gap Report 2020

Tha an giùlan cleachdadh chàraichean a tha a' cur ri cilemeatairean càir san fharsaingeachd ann an Alba a' sealltainn nach bi e comasach cilemeatairean càir a lùghdachadh 20% le bhith a' cur fòcas air aon seòrsa turais a-mhàin, leithid siubhal a dh'obair, no air aon giùlan leithid atharrachadh bho chàr gu coiseachd no rothaireachd airson tursan goirid. Tha fios againn gu bheil cleachdadh chàraichean nas àirde ann an sgìrean dùthchail agus gu bheil àireamh bheag de thursan fada a' cur gu mì-rèireach ris an àireamh iomlan de chilemeatairean càr, ach is iad sin na tursan as duilghe atharrachadh gu modhan eile.

Tha seo a' ciallachadh gu bheil feum againn air frèam-obrach iomlanach de cheuman gus roghainnean airson lùghdachaidh cleachdadh càir airson diofar sheòrsaichean thursan ann an diofar sgìrean. Tha sinn air dàta suirbhidh agus buidhnean fòcais a chur ris an dàta mu thursan a bhios sinn a' cruinneachadh gu cunbhalach, mar a chaidh a mhìneachadh san eàrr-ràdh sa mhapa-slighe, gus cuideachadh le bhith a' tuigsinn nan seòrsaichean turais a tha daoine deònach beachdachadh air atharrachadh, na dòighean siubhail eile a tha iad deònach gabhail

ris, na factaran a bheireadh brosnachadh dhaibh agus na cnapan-starra a dh'fhaodadh stad a chur orra bho bhith ag atharrachadh.

Tha sinn cuideachd air teòiridh atharrachadh giùlain a chleachdadh a bharrachd air a' bhunait fhianais fhoillsichte air na tha ag obrachadh gus cleachdadh chàraichean a lùghdachadh agus tha barrachd fiosrachaidh mun deidhinn seo ann an eàrr-ràdh a' mhapa-slighe. Tha rannsachadh air atharrachadh giùlain ag innse dhuinn gu bheil daoine nas dualtaiche freagairt a thoirt do theachdaireachdan a tha ag iarraidh orra giùlan ion-mhiannaichte 'a dhèanamh', seach a bhith 'a' seachnadh' giùlan nach eilear ag iarraidh. Mar thoradh air seo, tha sinn air frèam-obrach de ghiùlan siubhail seasmhach a chruthachadh, agus gus raon de phoileasaidhean còmhdhail is neo-chòmhdhail a chomharrachadh a bheir taic do dhaoine gus gabhail ri co-dhiù aon de na dòighean-giùlain. Chaidh na modhan-giùlain a thaghadh gus dèanamh cinnteach gu bheil roghainnean lùghdachadh cleachdadh càir in-ghabhalach ann as urrainn daoine le diofar shuidheachaidhean pearsanta agus diofar fheumalachdan siubhail a chleachdadh ann an diofar àiteachan.

A' lùghdachadh feum air siubhal	A' fuireach gu math gu h-ionadail	A' gluasad eadar modhan	A' cur còmhla no a' co-roinn tursan càir
<p>Faodaidh cleachdadh roghainnean air-loidhne a bhith gu sònraichte cudromach ann an coimhearsnachdan dùthchail no eileanach, far am faodadh astaran do sheirbheisean ionadail a bhith nas fhaide, a bharrachd air a bhith a' ceannach bathar a tha nas duilghe a ghiùlan le siubhal gnìomhach no còmhdhail phoblach. Gabhaidh tìde is airgead a shàbhaladh tro bhith a' lùghdachadh siubhal cuideachd.</p> 	<p>Tha seo fìor chudromach ann an sgìrean cathair-bhailteil is suburbach a bharrachd ann am bailtean is bailtean beaga. Tha cothrom air bathar, seirbheisean, goireasan agus ceanglaichean sòisealta gu h-ionadail na bhuannachd do dh'eaconamaidhean ionadail agus a' cuideachadh le bhith ag ath-bheothachadh choimhearsnachdan.</p> 	<p>Dh'fhaodadh gum bi e nas fhasa gluasad gu coiseachd, cuibhleachadh, rothaireachd no còmhdhail phoblach ma chaidh ceann-uidhe ionadail a thaghadh mar-thà. Bheir modhan gnìomhach agus còmhdhail phoblach cothroman seachad airson gnìomhachd chorporra a tha buannachdail do shlàinte chorporra agus sunnd inntinn.</p> 	<p>Tha seo gu sònraichte cudromach ann an cuid de sgìrean, do dhaoine le ciorraman sònraichte agus airson cuid de thursan, far nach eil modh eile practaigeach. Is urrainn co-roinn tursan càir le daoine eile cothroman a chruthachadh airson ceanglaichean sòisealta, a chuireas ri sunnd.</p>  <p><small>*Ma chleachdas COVID-19</small></p>

Tha eadar-theachdan neo-chòmhdhail didseatach agus stèidhichte air àite cudromach gus taic a thoirt do dhaoine gus am feum aca air siubhal a lùghdachadh agus gus an urrainn dhaibh barrachd cinn-uidhe ionadail a thaghadh airson obair, bùithtean agus cur-seachadan - na trì adhbharan as motha airson tursan.

Bidh poileasaidhean còmhdhail ro-chudromach ann a bhith a' cuideachadh dhaoine gus modh atharrachadh, no gus tursan a chur còmhla no gus tursan a cho-roinn far nach eil modhan eile rim faighinn. Tha ceuman gus taic a thoirt do dhaoine gus fuireach gu math gu h-ionadail ceangailte ris an fheadhainn a bheir taic do dh'atharrachadh modh, leis gu bheil coiseachd, cuibhlichean agus baidhsagal a' fàs nas so-dhèanta ann an sgìrean far a bheil bathar, seirbheisean, goireasan agus ceanglaichean sòisealta ruigsinneach taobh a-staigh astaran nas giorra. Ann an



sgìrean dùthchail iomallach, bidh poileasaidhean gus taic a chumail ri feum nas lugha air siubhal, còmhla ri cothroman gus tursan càr a cho-roinn agus a chur còmhla gu sònraichte cudromach. Tha sinn ag aithneachadh gum bi cuid de ghiùlanan nas practaigiche ann an cuid de sgìrean agus airson cuid de dhaoine, a' gabhail a-steach an fheadhainn le ciorraman sònraichte. Is e amas a' mhapa-slighe eadar-theachdan a thoirt seachad a bheir cumhachd do dhaoine taghadh bho aon no barrachd de na dòighean siubhail seasmhach gach uair a tha iad a' planadh turas. Is urrainn do gach giùlan a thathar ag iarraidh buannachdan eile a thoirt do dhaoine fa-leth, a bharrachd air a bhith a' cur ri dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-shìde. Mar eisimpleir:

- Is urrainn cleachdadh roghainnean air-loidhne seasmhach àm is airgead a shàbhaladh
- Cuidichidh a bhith a' taghadh cinn-uidhe ionadail gus coimhearsnachdan ionadail ath-bheothachadh
- Tha buannachdan slàinte ann bho bhith a' gluasad gu coiseachd, cuibhleachadh, rothaireachd no còmhdhail phoblach
- Is urrainn a bhith a' cur tursan còmhla no a' co-roinn turas le daoine eile cur ri sunnd

Bithear a' toirt taic agus brosnachadh do ghiùlan siubhail seasmhach a rèir amasan poileasaidh nas fharsainghe an riaghaltais gus eimiseanan gas an taigh-glainne san fharsaingeachd a lùghdachadh, a bharrachd air amasan airson slàinte is sunnd nas fheàrr agus eaconamaidh nas in-ghabhalaiche. Tha seo cudromach gus dèanamh cinnteach nach bi builean ann ris nach robhar an dùil mar thoradh air ceuman sa mhapa-slighe. Mar sin nì sinn cinnteach gun tèid ceuman gus taic a cumail ri obair san dachaigh a dhèanamh còmhla ri ceuman gus piseach a thoirt air èifeachdas lùtha dachaighean; nach tèid ceuman gus taic a thoirt do chleachdadh sheirbheisean air-loidhne a bhrosnachadh ach nuair nach eil cleachdadh roghainnean ionadail practaigeach agus far a bheil bun-structar didseatach iomchaidh ann no gun tèid a sholarachadh, agus gu bheil ceuman nas fharsainghe an cois ceuman gus cleachdadh chàraichean a lùghdachadh gus còmhdhail phoblach agus còmhdhail bathair a dhì-charbonachadh, gu sònraichte a thaobh libhrigeadh na mìle mu dheireadh.

Thathar air beachdachadh air ceuman gus cleachdadh chàraichean a lùghdachadh ann an co-theacsa modal atharrachadh giùlain Comas, Cothrom agus Brosnachadh (*Capability, Opportunity and Motivation - COM-B*)<sup>67</sup>, a tha ag aithneachadh gum feum *comas*, agus *cothrom* a bhith aig daoine agus gum feum barrachd *brosnachaidh* a bhith aca gus an giùlan a dhèanamh seach giùlan sam bith eile. Tha comas a' ciallachadh comasan saiceòlach dhaoine (mar eisimpleir, eòlas agus sgilean inntinneil) agus comasan corporra (mar eisimpleir, sgil agus neart). Tha cothrom a' ciallachadh na h-àrainneachd leis a bheil daoine ag eadar-obrachadh, ge

b' e an e an àrainneachd fhiosaigeach a th' ann (mar eisimpleir, nithean agus cuingealachadh ùine), no an àrainneachd shòisealta (mar eisimpleir, nòsan sòisealta agus gnàthasan cultarach). Tha brosnachadh a' ciallachadh pròiseasan inntinneil a bhios a' brosnachadh agus a' stiùireadh giùlan, a' gabhail a-steach phròiseasan meòrachail (mar eisimpleir, co-dhùnidhean mothachail) agus pròiseasan fèin-ghluasadach (mar eisimpleir, faireachdainnean agus cleachdaidhean). Mur eil na trì innealan-comais uile ann, chan eil e coltach gun tachair an t-atharrachadh a thathar ag iarraidh.

Mar sin feumaidh poileasaidh còmhdhail èifeachdach, còmhla ri dòigh-obrach stèidhichte air àite, a bheir seachad seirbheisean ionadail, ruigsinneach, a bhith a' gabhail a-steach ceuman gus dèiligeadh ri cnapan-starra agus taic a thoirt do *chomas* dhaoine, le bhith a' toirt dhaibh eòlas air na roghainnean siubhail seasmhach a tha rim faighinn; *cothrom* le bhith a' toirt seachad roghainnean seach càr a tha ruigsinneach agus sàbhailte; agus *brosnachadh*, le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil roghainnean seach chàr a' dèanamh nas fheàrr na càr, mar eisimpleir a thaobh goireasachd, tarraingeachd agus cosgais. Tha sinn air feum a dhèanamh den *Ladder of Interventions* aig Nuffield<sup>68</sup> agus dòigh-obrach *Behaviour Change Wheel*<sup>69</sup> gus farsaingeachd de dh'eadar-theachdan agus roghainnean poileasaidh a chomharrachadh gus taic a chumail ri *comas*, *cothrom* agus *brosnachadh* aig ìre an neach fa-leth gus cleachdadh chàraichean a lùghdachadh.

Ged a tha àite cudromach aig carbadaan gus na targaidean againn a thaobh lùghdachadh carboin a choileanadh, tha na dì-bhuannachdan nas farsainge a thaobh a bhith a' cleachdadh charbadaan prìobhaideach a' ciallachadh gu bheil an targaid againn gus cilemeatairean càir a lùghdachadh 20 sa cheud a' gabhail a-steach gach seòrsa càr prìobhaideach. A rèir Rangachd Siubhail Seasmhach NTS2, tha e coltach gur e atharrachadh bho charbadaan prìobhaideach peatrail no dìosail gun carbadaan prìobhaideach gun eimiseanan am fuasgladh as fheàrr dìreach ann an suidheachadh far nach eil roghainnean siubhail nas seasmhaiche ann. Mar sin bu chòir ceuman gus atharrachadh charbadaan a bhrosnachadh dèanamh cinnteach gum bi roghainnean airson gluasad gu ruigsinneachd dhidseatach no ionadail a bharrachd air modhan còmhdhail nas seasmhaiche leithid rothair bathair dealain, tiocaid ràithe còmhdhail phoblach no ballrachd cluba chàraichean air an comasachadh agus air am brosnachadh air thoiseach air gluasad gu carbad prìobhaideach gun eimiseanan.

## 3. Ceuman

### 3.1 Còmhradh Nàiseanta air lùghdachadh chàraichean

Tha ùidh aig a' phoball mar-thà ann an atharrachadh gnàth-shìde agus às dèidh do dh'Alba a bhith na dachaigh do COP26 tha cothrom ann feum a dhèanamh air a' chunnart bho atharrachadh gnàth-shìde mar am prìomh adhbhar aig Riaghaltas na h-Alba airson a dhol an sàs sa chùis seo, gu h-àraidh a thaobh gnìomhan gus cur an aghaidh an status quo. Togaidh sinn air a' ghluasad seo le còmhradh nàiseanta air an fheallsanachd airson nan ceuman a tha sinn a' cur an sàs, a bharrachd air na buannachdan a gheibh daoine fa-leth, coimhearsnachdan agus an comann-shòisealta san fharsaingeachd mar thoradh air seo. Tòisichidh ar conaltradh le daoine fa leth agus buidhnean, a' gabhail a-steach luchd-ùidh san roinn phoblaich, phrìobhaideach agus san treas roinn, bhon bhun-bheachd gu bheil sinn a' feuchainn ri dòigh-beatha nas fhallaine, nas cothromaiche agus nas seasmaiche a thoirt gu buil, gu sònraichte do na buill as bochda den chomann-shòisealta, a tha a' fulang gu neo-chothromach bho na droch bhuidhean bho chleachdadh chàraichean.

Ged a tha am mapa-slighe a' cleachdadh dòigh-obrach atharrachadh giùlain mar fhrèam-obrach, chan eil e dìreach mu bhith ag iarraidh air a' phoball am modhan-giùlain aca atharrachadh, ach mu bhith a' cruthachadh an t-suidheachaidh *stuthaich* agus *shòisealta* ceart agus a' toirt *comas*, *cothrom* agus *brosnachadh* do dhaoine gus giùlanan siubhal seasmaich a thaghadh. Bidh ar còmhradh nàiseanta mu bhith a' lùghdachadh cleachdadh chàraichean a' toirt a-steach conaltradh mu na gnìomhan a tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail aig *ìre siostaim* gus taic a chumail ris an atharrachadh giùlain aig *ìre an neach fa leth* a thathar ag iarraidh.

Thèid na dh'ionnsaich sinn bho shuirbhidhean bheachdan poblach agus buidhnean fòcais a bharrachd air toraidhean na co-chomhairle air an dreachd mapa-slighe againn agus measaidhean buaidh a chur còmhla ris an fhianais bhon litreachas fhoillsichte agus bho theòiridh atharrachadh giùlain gus am modh margaidheachd is conaltraidh againn a leasachadh agus ùrachadh, a rèir na Ro-innleachd Com-pàirteachaidh Poblach air Nàisean le Cothromachadh Carboin agus an iomairt poblach Let's Do Net Zero. Bidh teachdaireachdan mu bhith a' lùghdachadh cleachdadh càir air am filleadh a-steach do theachdaireachdan air ceuman poileasaidh buntainneach, leithid siubhal bus an asgaidh do dhaoine fo aois 22, gus dèanamh cinnteach gu bheil a' tuigsinn gu bheil poileasaidhean fa-leth mar phàirt den t-sreath cheuman nas fharsainge gus daoine a chuideachadh gus siubhal ann an dòigh nas seasmaiche.

Thèid barrachd mion-sgrùdadh a dhèanamh gus ar cuideachadh le bhith a' tuigsinn nan luachan a tha mar bhunait air giùlan siubhail aig diofar fo-bhuidhnean den t-sluagh, gus dèanamh cinnteach gu bheil teachdaireachdan is conaltradh san àm ri

teachd air an dèanamh cho èifeachdach 's a ghabhas do dhiofar bhuidhnean. Obraichidh sinn le buidhnean com-pàirteachaidh cuideachd gus taic a chumail ri cothroman *sòisealta* airson atharrachadh giùlain, mar eisimpleir le bhith a' toirt buaidh air gnàthasan sòisealta is cultarail siubhal ann an àiteachan-obrach agus suidheachaidhean foghlaim is cùram-slàinte. Tha fios againn gu bheil giùlan stèidhichte air cleachdadh, agus mar sin bidh ar conaltradh ag amas air 'amannan atharrachaidh', nuair a dh'atharraicheas an suidheachadh aig daoine fa-leth, mar thoradh air atharrachadh air far a bheil an dachaigh, an sgoil no an obair; no atharrachadh ann am bun-structar ruigsinneachd no prìsean còmhdhail ionadail.

### **3.2 Ceuman gus am feum air siubhal a lùghdachadh**

Tha e deatamach gun tèid taic a chumail ri leasachadh, agus ruigsinneachd chothromach air, roghainnean air-loidhne airson foghlam, trèanadh agus cosnadh a bharrachd air cothrom air bathar, seirbheisean, goireasan agus ceanglaichean sòisealta gus feum dhaoine air siubhal a lùghdachadh. Tha e soilleir gu bheil luach ann an eadar-obrachadh sòisealta pearsanta, agus chan eil sinn airson bacadh a chur air cothrom dhaoine siubhal, ach bidh raon de shuidheachaidhean ann far am faigh daoine taic gus beatha nas fheàrr a bhith aca le bhith a' saoradh na h-ùine agus na cosgais co-cheangailte ri siubhal.

Tha galar lèir-sgaoilte COVID-19 air sealltainn cho cudromach as urrainn ceanglaichean didseatach a bhith ann a bhith a' toirt cothrom do mhòran dhaoine a bhith ag obair agus a' ceangal ri daoine eile air astar agus chuir an suidheachadh èiginn ri astar an atharrachaidh didseataich thar bhuidhnean agus ghnìomhachasan thar iomadh roinn. Tha ro-innleachd dhidseatach na h-Alba ag amas air astar an atharrachaidh a chumail suas agus a leudachadh, gus dèanamh cinnteach gum bi sinn farpaiseach ann am margaidh chruinneil. Faodaidh cruth-atharrachadh didseatach cuideachadh le bhith a' lùghdachadh an fheum air siubhal tro obair aig astar agus tro bhith a' leigeil le gnìomhachasan agus daoine cothrom fhaighinn air seirbheisean agus lionraidhean air-loidhne.

Tha atharrachaidhean ann am pàtrain obrach rè a' ghalair lèir-sgaoilte air mòran aire a thoirt dhan chomas obrachadh bho dachaigh gus siubhal coimutair agus na h-eimiseanan co-cheangailte ris a lùghdachadh. Ach tha sinn ag aithneachadh nach bi obrachadh san dachaigh iomchaidh airson iomadh seòrsa obrach, is nach bi e prataigeach dhaibhsan aig nach eil àrainneachd dhachaigheil a tha freagarrach airson obair. Tha cunnart ann gun tèid sàbhaladh sam bith ann an eimisesanan bho nas lugha de shiubhail a chothromachadh le barrachd sgaoilidhean bho lùth san dachaigh. Mar sin tha ar mapa-slighe a' gealltainn gnìomh a thaobh obair shùbailte is ionadail seach obair san dachaigh gu sònraichte, agus tha ar ceuman gus am feum air siubhal a lùghdachadh nas fharsainge na dìreach an fheadhainn a lùghdaicheas an fheum air siubhal a dh'obair.

- Ceum 1a:** **A' cur crìoch air agus a' gabhail ri Frèam-obrach Nàiseanta an Dealbhaidh (NPF4) ron t-Samhradh 2022:** A bharrachd air raointean dealbhaidh eile (ann an Ceum 2a gu h-ìosal), mìnichidh NPF4 mar a bu chòir dhan t-siostam dealbhaidh cumail air a' toirt taic do sgaoileadh bun-structair didseatach air feadh na h-Alba. Nì e cinnteach gum bi poileasaidhean ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e gum bi solar bun-structair freagarrach airson an àm ri teachd agus cuideachd a' dèiligeadh ri buaidhean air coimhearsnachdan ionadail agus na h-àrainneachd nàdarra is eachdraidheil, agus feuchaidh e ri a leithid de dhòigh-obrach fhighe a-steach ann am Planaichean Leasachaidh Ionadail.
- Ceum 1b:** **A' leudachadh bann-leathann fìor luath gu 100 sa cheud de thogalaichean an Alba:** Chan e ruigsinneachd air ceanglaichean didseatach de dheagh chàileachd na cnap-starra cho mòr is a bha i uair. Tha Riaghaltas na h-Alba ag obair gus dèanamh cinnteach nach bi duine sam bith an Alba air an às-dùnadh gu didseatach, an dà chuid mar thoradh air far a bheil iad a' fuireach no mar thoradh air an teachd a-steach. Tha na prògraman Reaching 100% (R100) agus 4G Infill a' leudachadh cothrom air làn sheirbheisean bann-leathann fibre agus fòn-làimhe ann an sgìrean neo-choimeirsealta, a' togail air a' chleachdadh mhalairteach fharsaing air feadh na dùthcha agus air prògram Digital Scotland Superfast Broadband (DSSB), fon deach còrr is £400m de mhaoineachadh phoblach a thasgadh gus cothrom air bann-leathann a leudachadh gu còrr is 950,000 togalach air feadh na h-Alba. Tha am prògram Connecting Scotland a' cur an teicneòlais sin a-steach do dhachaighean dhaoine aig am biodh cnapan-starra a thaobh ruigsinneachd didseatach, a' toirt dhaibh ceanglaichean, innealan agus trèanadh. Chunnaic sinn mar as urrainn cothrom air na seirbheisean seo cruth atharrachadh a thoirt air Alba dhùthchail. Fosglaidh seo cothroman do ghnìomhachasan dùthchail agus cothrom a thaobh obair aig astar, a bharrachd air togail sgilean, litearrachd agus ionnsachadh gus am bi na sgilean gus ceangal a dhèanamh air-loidhne aig barrachd dhaoine.
- Ceum 1c:** **A' mapachadh ceangailteachd dhidseatach ri taobh ceangailteachd còmhdhail:** Bheir an dòigh sam bith sinn a' cleachdadh dàta buaidh air an dòigh-obrach againn cuideachd. Bidh Còmhdhail Alba, ann an co-bhonn ri Riaghaltas na h-Alba, ag amalachadh dàta mu chothrom air ceanglaichean didseatach cho math ri ceanglaichean còmhdhail gus modaladh agus

measadh a dhèanamh air na sgìrean de dh'Alba a tha an eisimeil bathar agus seirbheisean fhaighinn gu fiosaigeach tro bhun-structair còmhdhail. Thèid seo a chleachdadh gus phrìomhachasan tasgadh bun-structair san àm ri teachd fhiosrachadh agus gus cothroman a chomharrachadh airson lìonraidhean còmhdhail gus taic a chumail ri cur an gnìomh chleachdadh bun-structair didseatach. Tha comas ann lìonraidhean còmhdhail a dhèanamh didseatach gus iarrtas a thomhas agus comas a riaghladh, a bharrachd air a bhith a' stiùireadh stòrasan còmhdhail, agus dh'fhaodadh àite cudromach a bhith aig dàta ann a bhith a' toirt cumhachd do dhaoine na roghainnean siubhail aca fhèin a thomhas a rèir lorgan carboin.

**Ceum 1d: A' cur a-mach Plana Gnìomh Obair Chothromach ùraichte as t-Earrach 2022:** Minichidh seo ar taic ri rèiteachaidhean obrach sùbailte far a bheil sin iomchaidh, mar phàirt den dealas nas fharsaingeach againn a thaobh Obair Chothromach agus bidh e a' gabhail a-steach gealltanasan gus obair shùbailte a thabhann mar shlatan-tomhais airson tabhartasan san roinn phoblaich agus solar fon dòigh-obrach Obair Chothromach An Toiseach againn, a bharrachd air maoinachadh leantainneach airson comhairle agus taic do luchd-fastaidh air mar a bheir iad seachad pàtrain obrach sùbailte do luchd-obrach.

**Ceum 1e: A' cur air adhart a' Phrògram Dùbhlann Obrach Ionadail:** Bidh seo a' gabhail a-steach a bhith a' coimhead air cothroman airson ionadan-obrach ionadail air an cruthachadh le bhith ag ath-chleachdadh thogalaichean a th' ann mar-thà, no le bhith a' cruthachadh choimhearsnachdan 'pop-up' ùra. Tha seo gus àrainneachdan obrach sàmhach, sàbhailte, slàinteil agus ceangailte a chruthachadh airson dreuchdan stèidhichte san oifis, a' dèanamh feum de bhuannachdan bho obair san dachaigh, le bhith a' tabhann barrachd roghainn, sùbailteachd agus tèarainteachd agus a' toirt cothrom do chompanaidhean àrainneachdan obrach tarbhach a chruthachadh airson luchd-obrach sgaoilte, agus aig an aon àm a bhith a' dèiligeadh ri cuid de na mì-bhuannachdan bho bhith ag obair ann an àrainneachdan còmhnaidh.

**Ceum 1f: A' Libhrigeadh gnìomhan Ro-innleachd Èiginn Gnàth-shìde agus Seasmhachd NHS na h-Alba gus am feum air siubhal a lùghdachadh<sup>70</sup> :** Bidh feum nas lugha aig euslaintich agus luchd-tadhail air siubhal, tro bhith a' cleachdadh agus a' leudachadh



NHS Near Me; ath-nuadhachadh agus ùrachadh air poileasaidh an NHS air obair bhon dachaigh; cleachdadh phrionnsapalan nàbachd 20 mionaid gus goireasan slàinte coimhearsnachd ùra a dhealbhadh agus a' coimhead air cùram amalaichte nas fheàrr gus an àireamh de choinneamhan agus thursan fa leth a lùghdachadh

### 3.3 Ceuman gus daoine a chuideachadh gus deagh bheatha a bhith aca gu h-ionadail

Gus lùghdachadh 20% fhaighinn ann an cilemeatairean càir, feumaidh an siostam dealbhaidh prìomhachas a chur air lùghdachadh cleachdadh chàraichean. Tha iarrtas airson còmhdhail, agus tha na roghainnean a bhios daoine a' dèanamh a thaobh cleachdadh chàraichean, dlùth cheangailte ri mar a bhios sinn a' planadh agus a' cleachdadh àite airson coimhearsnachdan agus airson a' chomainn-sòisealta. Ged a tha sinn ag aithneachadh gu bheil e a' toirt ùine mhòr mus toir poileasaidh dealbhaidh buaidh air gnòthaichean, gu sònraichte a thaobh leasachaidhean ùra, tha e cuideachd buntainneach a thaobh tasgadh sa gheàrr-ùine, mar eisimpleir mar phàirt de sgeamaichean ath-nuadhachaidh.

Tha am fàs ann an cleachdadh chàraichean thar nan deicheadan mu dheireadh air fàgail gu bheil àiteachan agus sgìrean air atharrachadh a rèir prìomhachas a' chàir, agus gu bheil a-nis an eisimeil chàraichean, agus gu bheil àrainneachdan ann far a bheil tòrr den spàs air a chleachdadh airson gluasad is pàirceadh chàraichean, rud a tha a' brosnachadh cleachdadh chàraichean agus a' dì-mhisneachadh cleachdadh mhodhan eile. Le bhith a' lùghdachadh smachd chàraichean air àiteachan ionadail agus a' dèanamh cinnteach gum faighear cothrom air foghlam, trèanadh agus cosnadh a bharrachd air bathar, seirbheisean, goireasan agus ceanglaichean sòisealta gu h-ionadail, bheir seo barrachd cothrom do dhaoine roghnachadh a bhith a' siubhal le coiseachd, baidhsagal no còmhdhail phoblach. Ann an sgìrean, no do dhaoine fa leth, far nach eil na modhan eile sin comasach, cuidichidh a bhith a' toirt taic do dhaoine gus cothrom fhaighinn air cinn-uidhe ionadail seach cinn-uidhe fad às le lùghdachadh nan cilemeatairean càir a thèid a shiubhal.

**Ceum 2a: A' cur crìoch air agus a' gabhail ri NPF4 ron t-Samhradh 2022:** Suidhichidh seo an t-slighe air adhart airson planaichean agus co-dhùnaidhean gus taic a chumail ri àiteachan a chuidicheas gus Alba le Cothromachadh Carbon a thoirt gu buil, a' gabhail a-steach tro bhith a' lùghdachadh cleachdadh chàraichean. Tha e a' toirt iomradh air an fheum air planadh agus dèanamh-àite gus taic a chumail ri leasachadh àiteachan nas beothaile, nas tarbhaiche, nas sònraichte agus nas seasmaiche. Tha am Frèam-obrach a' leabachadh Rangachadh na Còmhdhail

Seasmhaich ann am planaichean agus dèanamh cho-dhùnaidhean, a' brosnachadh coiseachd, cuibhleachadh, còmhdhail phoblach agus roghainnean còmhdhail co-roinnte, an àite càraichean prìobhaideach air an cleachdadh le aon neach a-mhàin gus daoine a ghluasad. Ann an 2022, nì sinn co-chomhairle cuideachd air dreachd de stiùireadh reachdail agus an uair sin cuiridh sinn dleastanasan ùra an gnìomh gus Ro-innleachdan Spàsail Roinneil ullachadh a bhios an uair sin a' co-òrdanachadh le Ro-innleachdan Còmhdhail Roinneil.

### **MAR A CHUMAS NPF4 TAIC RI LÙGHdachadh Càir Taobh A-Staigh CLÀR-AMA 2030**

Tha clàran-ama leasachaidh a' ciallachadh gun toir e ùine atharrachadh a thoirt air an dòigh sa bheil na h-àiteachan againn ag obair, ach tha dreachd NPF4 soilleir mu na roghainnean a dh'fheumar a dhèanamh a-nis gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn air an t-slighe cheart gus na targaidean againn a choileanadh. Aon uair 's gun gabh Pàrlamaid na h-Alba ris an NPF4 mu dheireadh, agus nuair a ghabhas Ministearan na h-Alba ris, mar phàirt den phlana leasachaidh reachdail, bidh e an sàs gu dìreach airson gach co-dhùnadh planaidh. Bidh buaidh mhòr aig seo air a bhith a' dèanamh cinnteach gun dèan an siostam dealbhaidh nas urrainn dha gus buaidhean atharrachadh na gnàth-shìde a lasachadh agus gus atharrachadh dhan rèir, a' gabhail a-steach a bhith a' dealbhadh cleachdadh fearainn ann an dòigh a lùghdaicheas am feum air siubhal cho fada 's a ghabhas. A bharrachd air sin, thèid an ro-innleachd agus na poileasaidhean spàsail a thoirt air adhart ann am planaichean leasachaidh ionadail san stoidhle ùr, a thèid a thoirt air adhart aon uair 's gu bheil riaghailtean agus stiùireadh an gnìomh, rè 2022. Bidh pàirt chudromach cuideachd aig Ro-innleachdan Spàsail Roinneil, nach eil nam pàirt den phlana leasachaidh reachdail ach aig a bheil prìomh àite ann a bhith a' co-thaobhadh ri dealbhadh còmhdhail aig ìre ro-innleachdail, ann a bhith a' toirt air adhart amasan na ro-innleachd spàsail a tha air a mhìneachadh ann am NPF4.

#### **Ceum 2b:**

#### **A' Lìbhrigeadh gnìomhan Taigheadas gu 2040, gus**

**coimhearsnachdan nas treasa is nas beothaile a thogail:** Nì

sinn cinnteach gun urrainn do thaighean agus àiteachan a bhith ag obair còmhla gu math gus an urrainn do dhaoine a bhith a' fuireach ann an coimhearsnachdan ann an dòigh a tha a rèir nam feumalachdan agus a' cumail taic ri an cuid slàinte is sunnd. Tha na gnìomhan a' gabhail a-steach a bhith a' stèidheachadh Prògram Tasgaidh Stèidhichte air Àite airson ath-nuadhachadh air a stiùireadh leis a' choimhearsnachd, togail beairteas coimhearsnachd, ath-bheothachadh meadhan a' bhaile agus cruthachadh nàbachdan 20 mionaid; Frèam-obrach Tasgadh Àite



gus taic a chumail ri libhrigeadh thaighean aig prìs reusanta ann an coimhearsnachdan a th' ann mar-thà, meadhan bhailtean agus coimhearsnachdan 20 mionaid; agus a bhith a' stèidheachadh dòigh-obrach Bun-structar an Toiseach a thaobh leasachadh.

**Ceum 2c:** **A' cumail air le bhith a' leabachadh Prionnsapal an Àite, agus a' brosnachadh cleachdadh Inneal Inbhean nan Àiteachan (*Place Standard Tool*):** Nì seo cinnteach gum bi an fheadhainn le uallach airson a bhith a' toirt seachad sheirbheisean agus a' coimhead às dèidh stòrasan ann an àite ag obair agus a' planadh còmhla, agus le coimhearsnachdan ionadail, gus piseach a thoirt air beatha dhaoine, gus taic a thoirt do shoirbheachas eaconamach in-ghabhalach agus seasmhach agus gus àiteachan nas soirbheachaile a chruthachadh. Bidh an *Climate Lens Place Standard Tool* gu sònraichte luachmhor airson com-pàirteachas coimhearsnachd a thaobh na targaid gus lùghdachadh 20 sa cheud a thoirt air cilemeatairean càir 20.

**Ceum 2d:** **A' libhrigeadh nàbachdan 20 mionaid; leasachaidhean air meadhan bhailtean agus chathair-bhailtean agus cultair 'gaol air ionadail':** Cruthaichidh seo cothroman airson meadhan bhailtean-mòra agus cathair-bhailtean a bhith soirbheachail agus nan àiteachan far am faigh daoine air na feumalachdan làitheil aca a choileanadh gu h-ionadail taobh a-staigh 20 mionaid coiseachd, cuibhle no baidhsagal bhon dachaigh aca, a' lùghdachadh sgaoilidhean agus a' brosnachadh siubhal gnìomhach. Cuiridh sinn air bhog làrach-lìn ùr 'Ar n-Àite' air bhog gus fiosrachadh, innealan agus goireasan a thoirt seachad gus taic a chumail ri cruthachadh àiteachan agus seirbheisean a chuireas ri ar slàinte, sunnd, beairteas agus ri càileachd beatha cho math ri bhith a' lùghdachadh neo-ionannachd agus a' dìon na h-àrainneachd againn. Tha Prionnsapal Meadhan a' Bhaile an Toiseach agus bun-bheachd nàbachd 20 mionaid nan dòighean sìmplidh air dòigh-obrach dealbhaidh stèidhichte air àite a thaisbeanadh a chuireas a' choimhearsnachd no an nàbachd aig cridhe a' phròiseas dealbhaidh. Ged a tha e mar as trice co-cheangailte ri sgìrean bailteil, faodar an dòigh-obrach nàbachd 20-mionaid atharrachadh gus am bi e iomchaidh do raon farsaing de sheòrsaichean baile, agus gus an tèid a chur an sàs an dà chuid ann an coimhearsnachdan a tha ann mar-thà agus coimhearsnachdan a tha air an ùr dhealbhadh<sup>71</sup>.

**Ceum 2e:** **A' cruthachadh stiùireadh agus frèam-obrach measaidh airson Co-aonadan gluasadachd (*mobility hubs*):** A' togail air a' chleachdadh agus an rannsachadh as fheàrr a tha rim faighinn aig an àm seo, is urrainn measadh làidir a bhith ann air co-dhùnaidhean a thaobh maoineachaidh san àm ri teachd do cho-ionadan gluasadachd agus gus obrachadh a-mach de na h-àiteachan agus goireasan as iomchaidhe ann an co-theacs na h-Alba. Tha eadar-ghluasad furasta cudromach ann a bhith a' comasachadh siubhal le còmhdhail phoblach. Tha co-ionadan gluasadachd nan àiteachan a tha air an dealbhadh gu sònraichte gus modhan gluasaid poblach is co-roinnte a thoirt ri chèile a bharrachd air a bhith a' leasachadh raon a' phobaill, agus a' toirt seachad goireasan agus fiosrachadh leasaichte a bhios buannachdail do luchd-còmhnaidh agus gnìomhachasan ionadail, a bharrachd air luchd-siubhail.

**Ceum 2f:** **A' toirt a-steach crìoch-astair nas sàbhailte de 20mph air rathaidean iomchaidh ann an àiteachan togte ro 2025:** Bidh leasachaidhean ann an sàbhailteachd rathaid agus builean slàinte mar thoradh air seo, a bharrachd a bhith a' cur ri cruthachadh-àite, a' brosnachadh siubhal gnìomhach, lasachadh atharrachadh na gnàth-shìde agus cruthachadh-àite. Bithear a' brosnachadh Ùghdarrasan Ionadail cuideachd gus barrachd iomairtean Dhan Sgoil gu Sàbhailte a libhrigeadh, leis an amas dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig a h-uile pàiste a tha a' fuireach taobh a-staigh dà mhìle bhon sgoil coiseachd, cuibhreachadh no rothaireachd a dhèanamh gu sàbhailte.

### 3.4 Ceuman gus daoine a chuideachadh gus gluasad eadar modhan

Tha rannsachadh bho chionn ghoirid air suidheachaidhean gus targaidean eimiseanan còmhdhail na h-Alba a choileanadh a' sealltainn gum feum coiseachd a bhith mar an dòigh chòmhdhail as fheàrr le daoine airson tursan goirid agus gum feum baidhsagal, a' gabhail a-steach baidhsagalan agus e-baidhsagalan, a bhith na mhodh practaigeach airson tursan bailteil agus eadar-bhailteil<sup>72</sup>. Ann an Alba, tha mu 50 sa cheud de thursan nas lugha na 5 cilemeatairean, agus tha mu 30 sa cheud nas lugha na 2 chilemeatair agus tha 15 sa cheud nas lugha na 1 chilemeatair<sup>73</sup>. Ged a tha tursan goirid mar seo a' cur nas lugha ri cilemeatairean càir san fharsaingeachd na tursan nas fhaide, tha iad air cuid den fheadhainn as fhasa atharrachadh agus faodaidh iad a bhith nan dòigh chudromach air leigeil le daoine tòiseachadh air na càraichean aca a chleachdadh nas lugha.

Air an làimh eile, tha obair chudromach aig còmhdhail phoblach ann a bhith a' cuideachadh dhaoine gus an cleachdadh càr aca a lùghdachadh an dà chuid airson tursan goirid is fada. Tha buaidh COVID-19 air iarrtas siubhail air buaidh mhòr a thoirt air cleachdadh còmhdhail phoblach. Feumaidh sinn taic a chumail ri bhith a' tilleadh gu sàbhailte agus gu misneachail gu còmhdhail phoblach, nach bi dìreach a' cumail taic ri ath-shlànachadh às dèidh a' ghalair lèir-sgaoilte ach a tha cuideachd a' dèanamh cinnteach gu bheil siostam còmhdhail phoblach phractaigeach is seasmhach ann airson an àm ri teachd, ag aithneachadh gun robh beàrnannan san lìonra còmhdhail phoblach fiù 's ron ghalar lèir-sgaoilte, gu sònraichte, ach chan ann a-mhàin, ann an sgìrean dùthchail agus coimhearsnachdan eileanach.

Faodaidh ceanglaichean nas fheàrr eadar lìonraidhean siubhail gnìomhach agus stèiseanan rèile is bus, a bharrachd air pàirceadh rothairean agus gnothaichean airson a bhith a' cur rothairean air bòrd, a bhith fìor chudromach gus cothrom a thoirt do dhaoine gluasad bho chàr gu tursan còmhdhail gnìomhach is còmhdhail phoblach ioma-mhodhail furasta. Thathar cuideachd a' tuigsinn gum feumar beachdachadh air roghainnean airson a bhith a' dèiligeadh ris a' mhì-chothromachadh a thaobh cosgais còmhdhail phoblach an coimeas ri cleachdadh chàraichean. A bharrachd air àm siubhail, 's e cosgais am factar as motha aig daoine ann a bhith a' co-dhùnadh mar a shiubhlas iad. Tha seo gu sònraichte cudromach leis gu bheil faraidhean rèile is bus air èirigh os cionn ìre na h-atmhorachd coitchinn thairis air an deach bliadhna mu dheiridh ach nach eil cosgaisean dràibhidh.

Tha an earrann seo a' mìneachadh nan gnìomhan a chumas taic ri gluasad eadar modhan. Chaidh coimhead air gnìomhan co-cheangailte ri àrainneachdan coiseachd is cuibhleachaidh ann an earrann 3.2 gu h-àrd, agus mar sin tha na h-eadar-theachdan a leanas a' coimhead air na modhan eile: baidhsagal, bus, trèana is càr, a rèir òrdugh na Rangachd Siubhail Seasmhaich.

**Ceum 3a:** **A' foillseachadh Frèam-obrach na Rothaireachd agus Plana Lìbhrigidh airson Còmhdhail Ghnìomhach ann an Alba ann an 2022:** Ged a tha am Frèam-obrach agus Plana Lìbhrigidh seo ag aithneachadh cho cudromach 's a tha gach seòrsa rothaireachd, tha fòcas air rothaireachd airson siubhail gnìomhach air tursan làitheil agus gluasad modh bho chàraichean prìobhaideach. Leis an fheum a tha a' sìor fhàs èiginneach a bhith a' dèiligeadh ri buaidhean atharrachadh na gnàth-shìde agus neo-ghnìomhachd chorporra, tha e ro-chudromach gun cuir am Frèam-obrach agus am Plana Lìbhrigidh cuspairean ro-innleachdail àrd-amasach agus gnìomhan air adhart a chuidicheas le bhith a' lùghdachadh eisimeileachd air càraichean prìobhaideach agus na cosgaisean slàinte is eimiseanan carbon mar thoradh air seo.

- Ceum 3b: Tasgadh a bharrachd ann an siubhal gnìomhach:** Mhìnich Aonta Taigh Bhòid<sup>74</sup> an gealltanais àrdachadh a thoirt air a' chuibhreann de bhuidseit Còmhdhail Alba a thathar a' cosg air siubhal gnìomhach, gus am bi co-dhiù £320 millean no 10 sa cheud den bhuidseit còmhdhail iomlan air a thoirt do shiubhal gnìomhach ro 2024-25.
- Ceum 3c: A' tasgadh £50 millean ann am Mòr-rathaidean Gnìomhach:** Cruthaichidh seo trannsaichean siubhal gnìomhach cuisleach de dh'àrd-inbhe a chuireas siubhal seasmhach an comas eadar am meadhan, coimhearsnachdan air an iomall agus prìomh ionadan luchd-turais nar bailtean-mòra is cathair-bhailtean. Thathar a' moladh gum bi iad sin a' cuimseachadh air trannsaichean siubhail air a bheil iarrtas mòr agus air ceanglaichean a leasachadh do choimhearsnachdan far a bheil às-dùnadh còmhdhail cumanta aig an àm seo. Nì ceanglaichean ionadail nas fheàrr bho na Mòr-rathaidean Gnìomhach cinnteach gum faigh daoine cothrom orra bho na dachaighean, sgoiltean, àiteachan obrach agus cinn-uidhe eile. Cumaidh seo taic ri lìbhrigeadh nan lìonraidhean de shlighean air a bheil a' beachdachadh mar-thà ann am mòran de na bailtean againn agus bidh seo fìchte a-steach le lìonraidhean siubhail gnìomhach a th' ann mar-thà. Leudaichidh e agus bidh e a' dol còmhla ri prògram Àiteachan airson a h-uile Duine gus lìonraidhean de shlighean dìreach, àrd-inbhe, dealaichte bho thrafaig a thoirt seachad do dhaoine a tha a' siubhal gu gnìomhach, co-dhiù tha iad a' coiseachd, ri rothaireachd no cuibhleachadh, a' toirt seachad roghainnean èifeachdach, luath is sàbhailte airson tursan goirid is meadhanach.
- Ceum 3d: Cothrom nas fheàrr air rothairean agus gluasad rothairean:** Bidh seo a' gabhail a-steach sgaoileadh nàiseanta den phileat gus baidhsagalan an-asgaidh a thoirt do chlann aois sgoile nach eil comasach air pàigheadh air an son; solarachadh leantainneach de dh'iasadan is de thabhartasan e-baidhsagal agus gealltanais gum bi taic ann gus busaichean ùra a cheannach, far a bheil sin iomchaidh, air an tuigse gum bi àite ann airson a bhith a' toirt bhaidhsagalan air bòrd a bharrachd air àite do chathraichean-cuibhle agus bugaidhean.
- Ceum 3e: A' leantainn air le gnìomhan air sàbhailteachd rathaid, a rèir Frèam-obrach Sàbhailteachd Rathaid na h-Alba gu 2030 a tha a' gabhail a-steach fòcas às ùr air luchd-coiseachd agus**

**rothaichean:** Bidh seo a' gabhail a-steach nam builean libhrigidh nàiseanta uile a tha a tha air am mìneachadh ann am Planaichean Libhrigeadh Bliadhnail Frèam-obrach na Sàbhailteachd Rathaid, a' gabhail a-steach ro-innleachd nàiseanta air crìochan/sònaichean astair 20mph, ath-sgrùdadh nàiseanta air stiùireadh astair agus cruthachadh pròiseact pileat bliadhna le Poileas Alba gus siostam aithris air-loidhne a chruthachadh a bheir comas do dhaoine dealbhan camara de dhràibheadh cunnartach a luchdachadh suas. Bithear a' brosnachadh Ùghdarrasan Ionadail cuideachd gus barrachd iomairtean Dhan Sgoil gu Sàbhailte agus dùnaidhean Sràidean Sgoile aig amannan sònraichte a libhrigeadh, leis an amas dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig a h-uile pàiste a tha a' fuireach taobh a-staigh dà mhìle bhon sgoil a bhith a' coiseachd no cuibhreachadh ann gu sàbhailte.<sup>75</sup>

**Ceum 3f:**

**A' toirt a-steach Sgìre Beag-eimisein (Low Emission Zones - LEZs) ann an Dùn Dè, Dùn Èideann, Glaschu agus Obar Dheathain as t-Earrach 2022:** Brosnaichidh sinn cleachdadh dòighean siubhail gnìomhach is seasmhach airson a dhol a-steach gu meadhan cathair-bhailtean, agus sinn cuideachd a' cumail taic ri barrachd dhaoine a bhith a' dèanamh feum de charbadan nas glaine. Tha Maoin Taic nan Sgìrean Beag-eimisein a' tabhann suas ri £3,000 do dhachaighean ion-roghnach airson cuidhteas fhaighinn gu sàbhailte de charbad nas sine agus nas salaiche nach eil a rèir nan inbhean LEZ a tha san amharc. Gheibh gnìomhachasan ion-roghnach tabhartasan de suas ri £2,500 airson gach carbad air am faighear cuidhteas iomchaidh. Do dhachaighean, tha an tabhartas air a dhèanamh suas de thabhartas airgid de £2,000 airson faighinn cuidhteas seann charbad gu sàbhailte, agus suas ri £500 de thabhartas 'Siubhal nas Fheàrr' airson gach inbheach airson suas ri dithis inbheach san dachaigh. Faodar an tabhartas 'Siubhal nas Fheàrr' a chleachdadh gus baidhsagal ùr no ath-leasaichte a cheannach, faodar a chleachdadh mar phàirt de chosgais baidhsagal-d no baidhsagal atharraichte, tiogaidean còmhdhail phoblach, ballrachd agus creideasan airson baidhsagal air mhàl, agus ballrachd agus creideasan clubaichean càir.

**Ceum 3g**

**A' cumail oirnn leis an obair againn air riaghladh còmhdhail:** Cumaidh sinn oirnn leis an ath-sgrùdadh againn air riaghladh còmhdhail, bheir sinn fa-near cuideachd dhan ghalar lèir-sgaoilte agus a' bhuidhe aige air còmhdhail phoblach aig an àm seo agus

air na modalan a bhios a dhìth san àm ri teachd gus taic a chumail ri siostam còmhdhail phoblach a tha so-obrachail is seasmhach.

- Ceum 3f:** **A' coimiseanadh lèirmheas air faraidhean cothromach:** Thathar a' dèanamh seo mar thoradh air mar a tha faraidhean còmhdhail phoblach a' dol suas aig an aon àm 's a tha cosgaisean siubhail ann an càraichean prìobhaideach a' dol sìos. Tha fios againn gu bheil daoine ann an dachaighean le teachd a-steach ìosal nas dualtaiche siubhal air bus agus gun urrainn cosgaisean còmhdhail cur ris na dùbhlain a th' ann mar-thà a thaobh a bhith a' tighinn beò air teachd a-steach ìosal. Coimheadaidh an t-ath-sgrùdadh air an raon de sgeamaichean lasachaidh a tha rim faighinn air a h-uile modh a' gabhail a-steach bus, rèile agus aiseag agus fiosraichidh e cruthachadh dòigh-obrach sheasmhach agus amalaichte a thaobh faraidhean còmhdhail phoblach san àm ri teachd. Tha sinn cuideachd a' dèanamh mion-sgrùdadh gus na dùbhlain poileasaidh agus na roghainnean airson còmhdhail phoblach san àm ri teachd a mheasadh. Thathar a' toirt na h-obrach seo air adhart mar phàirt den lèirmheas againn air Fàraidhean Cothromach.
- Ceum 3i:** **A' toirt seachad siubhal bus an-asgaidh do dh'òigridh na h-Alba fo aois 22 bhon Fhaoilleach 2022:** Brosnichidh seo barrachd cleachdadh bus agus cleachdadh bus leantainneach agus bheir e buannachd do 930,000 daoine òga.
- Ceum 3j:** **A' cumail oirnn a bhith a' dèanamh tasgadh calpa ann an còmhdhail bus san fhad-ùine:** Tha buaidh COVID-19 air iarrtas airson siubhail agus iarrtas airson còmhdhail phoblach air buaidh mhòr a thoirt air teachd-a-steach bhon bhogsa faraidhean ann an còmhdhail phoblach. Gu ruige seo, chaidh còrr is £1 billean a thoirt seachad gus taic a chumail ri companaidhean còmhdhail phoblach rè a' ghalair lèir-sgaoilte gus dèanamh cinnteach gun robh na seirbheisean fhathast ann airson an fheadhainn a bha feumach orra. Tha e deatamach gum bi tilleadh sàbhailte agus misneachail do chòmhdhail phoblach mar phàirt de dh'ath-shlànachadh bhon ghalar lèir-sgaoilte gus dèanamh cinnteach gu bheil siostam còmhdhail poblach practaigeach is seasmhach ann airson an àm ri teachd. Tha teachd-a-steach bogsa faraidhean nan companaidhean còmhdhail phoblach, a' bhuidhe leantainneach aig ath-shlànachadh agus na buaidhean buidseit a dh'fhaodadh a bhith aig lùghdachadh air teachd-a-steach bhon



bhogsa faraidhean a' soilleireachadh cho cugallach 's a tha an siostam còmhdhail phoblach againn agus an fheum a h-uile rud a dhèanamh gus a dhion. Tha seo a' gabhail a-steach gealltanais gun tèid còrr is £500 millean a thasgadh ann an ceuman prìomhachais bhuisaichean, a' gabhail a-steach airgead tro Mhaoin Com-pàirteachais nam Buisaichean, a bheir cothrom do dh'ùghdarrasan ionadail agus companaidhean bhuisaichean dèiligeadh ris an droch bhuaidh aig dùmhlachd air seirbheisean bus gus am bi tursan nas luaithe agus nas earbsaiche, agus mar sin gum broснаich seo barrachd dhaoine siubhal air bus.

**Ceum 3k:** **A' toirt a-steach Maoin Bus Coimhearsnachd:** Bheir seo taic do dh'ùghdarrasan còmhdhail ionadail gus còmhdhail phoblach a leasachadh anns na sgìrean aca, a' gabhail a-steach le bhith a' coimhead air na roghainnean uile ann an Achd na Còmhdhail (Alba) 2019, a' gabhail a-steach na roghainn gum biodh seirbheisean air an ruith le ùghdarrasan ionadail.

**Ceum 3l:** **A' stèidheachadh Bòrd Comhairleachaidh Nàiseanta nan Tiocaidhean Tapaidh** Bheir seo comhairle seachad air inbhe theicneòlach airson tiogaidean tapaidh agus bheir e sùil air lìbhrigeadh an ath ghinealach de shiostam dàta siubhail gus piseach a thoirt air seirbheisean planadh turais agus gus inbhean dàta fosgailte a stèidheachadh airson busaichean.

**Ceum 3m:** **A' tasgadh ann an glèidheadh is leasachadh an lionra rèile:** Bheir seo seachad tasgadh de £4.85 billean gus rathad-iarainn na h-Alba a chumail suas agus a leasachadh anns an ùine smachd rèile a th' ann an-dràsta, a' gabhail a-steach tasgadh ann an leasachadh ghoireasan stèiseanan agus ruigsinneachd nas fheàrr air stèiseanan a bharrachd air dealanachadh is dì-charbonachadh leantainneach tron Phlana Dì-charbonachaidh Sheirbheisean Rèile<sup>76</sup> agus Ro-innleachd Tasgadh Rèile<sup>77</sup>.

**Ceum 3n:** **A' cumail taic ri tursan amalaichte aig ionadan-aiseig** – Seo ceum Ìre 1 ann an STPR2 a tha a' gabhail a-steach ath-sgrùdadh mionaideach air prìomh ionadan-aiseig gus beachdachadh air amalachadh fiosaigeach, clàr-ama, soidhnichean, tiogaidean agus goireasan eile a dh'fheumar gus turas còmhdhail seasmhach a lìbhrigeadh gun chnap-starra sam bith. An uair sin molaidh an t-ath-sgrùdadh prògram de leasachaidhean amalachaidh gus cur ri gnàth-eòlas an luchd-siubhail agus gus cur ri amalachadh seirbheisean aiseig agus modhan còmhdhail phoblach eile.

**Ceum 3o:** **A' cur toirmeasg air pàirceadh air cabhsairean agus ceuman pàircidh eile an gnìomh:** Bheir sinn a-steach riaghailtean ann an 2022 gus casg a chur air pàirceadh air cabhsairean ann an 2023, le saoraidhean mar a thèid ainmeachadh le ùghdarrasan ionadail. Obraichidh sinn cuideachd le ùghdarrasan ionadail gus taic a thoirt seachad agus gus dèanamh cinnteach gu bheil ro-innleachdan còmhdhail ionadail a' beachdachadh gu cothromach air feumalachdan atharrachadh na gnàth-shìde, a bharrachd air a' bhuidhe air luchd-cleachdaidh rathaidean, a' gabhail a-steach luchd-coiseachd, rothaichean, luchd-cleachdaidh còmhdhail phoblach agus luchd-cleachdaidh chàraichean air a bheil ciorraim san dòigh-obrach aca a thaobh pàirceadh chàraichean.

**Ceum 3p:** **A' cruthachadh riaghailtean agus stiùireadh air Cìsean Pàircidh san Àite-obrach (Workplace Parking Levy - WPL) regulations and guidance:** Bha cumhachdan ionadail roghnach airson sgeama WPL ann an Achd na Còmhdhail (Alba) 2019, a' toirt inneal eile do dh'ùghdarrasan ionadail gus cleachdadh chàraichean prìobhaideach a dhì-mhisneachadh agus gus gluasad modaileach a bhrosnachadh. Tha ro-innleachd còmhdhail ionadail riatanach airson ùghdarras ionadail sam bith a tha airson WPL a chur an gnìomh, agus feumaidh teachd a-steach bho WPL a bhith air a shònrachadh gus taic a chumail ris na h-amasan a tha air am mìneachadh san ro-innleachd. Bidh seo a' cuideachadh gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' beachdachadh air an WPL ann an dòigh ro-innleachdail agus gun tèid am maoinachadh a chruthaicheas e a chleachdadh gus cuideachadh a thoirt dhan phoball a bhios a' siubhal, leithid tro leasachaidhean air còmhdhail phoblach is sheasmhach no air bun-structar.

**Ceum 3r:** **Lìbhrigeadh gnìomhan Ro-innleachd Èiginn na Gnàth-shìde agus Seasmhachd NHS na h-Alba gus leudachadh a thoirt air siubhal gnìomhach agus cleachdadh còmhdhail phoblach is coimhearsnachd do làraichean NHS:** Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil goireasan NHS ùra a' toirt prìomhachas do ruigsinneachd do dhaoine a tha a' siubhal gu gnìomhach agus gu seasmhach; a' comharrachadh far am feumar ceanglaichean còmhdhail phoblach gu làraichean NHS a leasachadh; agus a' dèanamh ruigsinneachd tro chòmhdhail phoblach na phrìomh cheist ann an co-dhùnaidhean mu far an tèid goireasan NHS ùra a thogail agus a bhith ag obair le luchd-ùidh còmhdhail gus prìomhachasan agus builean NTS2 a thoirt gu



buil. Tha e a' gabhail a-steach a bhith a' ceangal ghoireasan NHS ri slighean siubhail gnìomhach agus ri lìonraidhean sa choimhearsnachd san fharsaingeachd; a' dèanamh àiteachan agus làraichean a-muigh nas fhasa, nas sàbhailte agus nas tlachdmhoire airson coiseachd, cuibhreachadh agus rothaireachd, a' gabhail a-steach tro shoidhnichean-slighe nas fheàrr; ag obair a dh'ionnsaigh 'Duais Fastaiche a tha càirdeil do Rothaireachd' fhaighinn do gach Bòrd Slàinte bho Rothaireachd Alba ro dheireadh 2026; ag adhartachadh buannachdan siubhal gnìomhach agus a' toirt seachad fiosrachadh planadh siubhail air mar a sheachnas tu càr nuair a tha thu a' cleachdadh làraichean NHS; agus ag obair le Comann Còmhdhail Coimhearsnachd na RA agus buidhnean còmhdhail coimhearsnachd saor-thoileach gus piseach a thoirt air ruigsinneachd do dh'euslaintich.

**Ceum 3s:**

**A' cumail oirnn le tasgadh bliadhnail de £300,000 ann am Prògram nan Sgoiltean Eco Alba mar phàirt den phrògram Ionnsachadh airson Seasmhachd:** Tha am prògram seo a' cumail taic ri daoine òga a bhith ag ionnsachadh agus a' dol an sàs ann an atharrachadh na gnàth-shìde bho aois sgoil-àraich gu aois inbheach, le susbaint air còmhdhail a' toirt ùidh is tuigse do chloinn air mar a bhios daoine agus bathar a' tighinn dhan sgoil agus mar a ghabhas roghainnean nas seasmhaiche a dhèanamh.

### **3.5 Ceuman gus daoine a chuideachadh gus tursan a chur còmhla no gus tursan a cho-roinn**

Tha an dà chuid Riaghaltas na h-Alba agus COSLA ag aithneachadh gum bi cuid de dhaoine fa leth no seòrsaichean turais ann far is dòcha gur e an càr prìobhaideach an aon dòigh siubhail a tha practaigeach, a' gabhail a-steach an fheadhainn ann an sgìrean dùthchail agus coimhearsnachdan eileanach, daoine le ciorraman sònraichte agus gnìomhachasan le feumalachdan siubhail sònraichte. Gus taic a thoirt do na daoine agus do na gnìomhachasan sin gus an cleachdadh càir aca a lùghdachadh, bidh ceuman gus tursan a chur ri chèile no tursan a cho-roinn le daoine eile cudromach gus cuideachadh le bhith a' lùghdachadh cilemeatairean càir san fharsaingeachd.

- Ceum 4a:** **A' dèanamh sgrùdadh comais air Mobility as a Service - Gluasadachd mar Sheirbheis (*Mobility as a Service - MaaS*)<sup>1</sup> ann an Alba:** Tha seo a' gabhail a-steach Maoin Tasgadh MaaS trì-bliadhna luach £2m<sup>78</sup> a tha air a dhèanamh suas de chòig pìlean de dh'fhuasglaidhean didseatach ùr-ghnàthach air an stiùireadh le dàta, a' toirt fiosrachadh nas fheàrr do dhaoine agus ruigsinneachd nas fhasa air roghainnean còmhdhail sheasmhach, ag amas air siubhal còmhdhail phoblach a dhèanamh na roghainn a tha a cheart cho math ri càr. Bidh na pìlean sin, a tha air an ruith le Hitrans, Tactran, Comhairle Baile Dhùn Dè, Oilthigh Chill Rìmhinn agus SEStran, a' cleachdadh theicneòlasan didseatach gus piseach a thoirt air fiosrachadh turais fìor-ùine, a' gabhail a-steach planadh, clàradh, reic agus modhan coileanadh airson tursan thairis air iomadh modh còmhdhail, a' gabhail a-steach Còmhdhail a tha a' Freagairt ri Iarrtas (*Demand Responsive Transport - DRT*) ann an sgìrean dùthchail. Le bhith a' toirt seachad fiosrachadh nas earbsaiche, nas pearsanta agus nas neairtmhoire mu sheirbheisean còmhdhail phoblach agus cho-roinnte, faodaidh MaaS eisimeileachd agus cleachdadh chàraichean a lùghdachadh anns na sgìrean timcheall air cathair-bhailtean agus bailtean-mòra na h-Alba. Leanaidh sinn oirnn a' conaltradh le Roinn na Còmhdhail air an ath-sgrùdadh air riaghladh còmhdhail san àm ri teachd, gu sònraichte air MaaS agus carbadan meanbh-ghluasadachd (*micro-mobility*).
- Ceum 4b:** **Ag ath-bhrosnachadh buannachdan co-roinn chàraichean agus clubaichean càir às dèidh a' ghalair lèir-sgaoilte:** Chaidh bacadh a chur air obair a bhathar a' dèanamh gus co-roinn chàraichean a bhrosnachadh mar thoradh air stiùireadh COVID-19 a thaobh siubhal sàbhailte, ach tòisichidh sinn air obair air seo a-rithist aon uair 's gu bheil e sàbhailte sin a dhèanamh, leis gu bheil comas aig co-roinn chàraichean pàirt chudromach a ghabhail ann an lùghdachadh ann an eisimeileachd air, agus cleachdadh, càraichean prìobhaideach, agus tha rannsachadh bho chionn ghoirid a' sealltainn gu bheil dìth mothachaidh fhathast ann mu dheidhinn seo<sup>79</sup>. Bidh an càr cuibheasach na shuidhe

---

<sup>1</sup>Gabhaidh MaaS a mhìneachadh mar “eadar-aghaidh didseatach gus solar seirbheis(ean) co-cheangailte ri còmhdhail a lorg agus a riaghladh a bhios a rèir riatanasan gluasadachd a' chustamair” (The Transport Systems Catapult, 2016) no gu dearbh mar àrd-ùrlaran seirbheisean còmhdhail didseatach a bheir comas do luchd-cleachdaidh gus cothrom fhaighinn air, pàigheadh airson, agus fiosrachadh fìor-ùine fhaighinn mu dheidhinn, farsaingeachd de roghainnean còmhdhail phoblach is co-roinnte. Gabhaidh na h-àrd ùrlaran seo a cheangail cuideachd ri bhith a' toirt seachad seirbheisean còmhdhail ùra (Pàrlamaid na RA, 2017).

gun chleachdadh airson còrr air 90 sa cheud den ùine<sup>80</sup> agus tha a' mhòr-chuid de thursan càr ann an Alba (66 sa cheud) nan turasan le dìreach aon duine air bòrd.<sup>81</sup> Anns a' cho-theacsa seo, dh'fhaodadh cleachdadh chàraichean co-roinnte a bhith na roghainn nas èifeachdaiche agus nas seasmhaiche na càraichean priobhaideach a bhith aig daoine, cleachdadh chàraichean san fharsaingeachd a lùghdachadh, cilemeatairean càir a lùghdachadh agus cur gu mòr ri bhith a' lùghdachadh tursan càr le aon neach a-mhàin. Tha dàta bho CoMoUK a' sealltainn gun do dh'èirich ballrachd ann an clubaichean càir gach bliadhna bho 19,827 ball ann an 2018/19 gu 25,193 (+27 sa cheud) ball ann an 2019/20 gu 30,617 (+21.5 sa cheud) ball ann an 2020/21. Tro mhaoineachadh tabhartais, tha sinn a' toirt taic do phròiseactan gus sgeamaichean agus àrd-ùrlaran co-roinn chàraichean a bhrosnachadh aig ìre nàiseanta is roinneil gus am bi còmhdhail cho-roinnte nas fhollaisiche ann an smaoinachadh dhaoine nuair a bhios iad a' beachdachadh air na roghainnean còmhdhail aca, nuair a cheadaicheas cùisean.

### 3.6 A' coimhead air ceuman a bharrachd gus cleachdadh chàraichean a mhì-bhrosnachadh

Tha na h-earrannan gu h-àrd a' mìneachadh nan gnìomhan a ghabhas sinn gu 2030 gus lùghdachadh susbainteach ann an cilemeatairean càir a chur an comas. Tha iad sin a' gabhail a-steach gu sònraichte ceuman gus piseach a thoirt air na co-theacsan *stuthach* a chumas taic ri *cothroman fiosaigeach* do dhaoine gus an cleachdadh càr a lùghdachadh, mar eisimpleir tro bhun-structar agus solar seirbheis nas fheàrr, a bharrachd air an fheadhainn gus barrachd *brosnachaidh* a thoirt seachad airson gluasad air falbh bho chleachdadh chàraichean, le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil roghainnean eile ann a tha an ìre mhath cho tarraingeach, a' gabhail a-steach goireasachd agus cosgais. Ach tha cothromachadh eadar buannachdan agus eas-bhuannachdan aig ìre an neach fa leth nam pàirtean cudromach den cho-dhùnadh a nì daoine gus aon ghiùlan a thaghadh seach giùlan eile. Chan eil e coltach gum bi brosnachadh giùlan ion-mhiannaichte gu leòr ann an co-theacsa far a bheil cleachdadh chàraichean fhathast air leth tarraingeach a thaobh buannachdan aig ìre an neach fa-leth, fhad 's a tha na h-eas-bhuannachdan do shlàinte na h-àrainneachd agus an t-sluagh gu ìre mhòr air an taobh a-muigh. Thèid barrachd sgrùdaidh a dhèanamh air roghainnean cothromach gus iarrtas a stiùireadh gus cleachdadh chàraichean a mhì-bhrosnachadh, a' gabhail a-steach prìsean air rathaidean, tro bhith a' coimiseanadh rannsachadh a bharrachd ann an 2022. Bheir seo dhuinn geàrr-liosta de roghainnean airson barrachd sgrùdaidh agus airson anailis comais, agus leigidh e leinn Frèam-obrach ùr airson Riaghladh Iarrtas Càr ullachadh ro 2025,

a bheir aire do dh'fheumalachdan dhaoine ann an sgìrean dùthchail agus coimhearsnachdan eileanach a bharrachd air an fheadhainn sin aig a bheil teachd a-steach ìosal agus daoine le feartan dìonta fo Achd na Co-ionannachd.

Chaidh an dòigh-obrach a thaobh cìsean air carbadan a chomharrachadh mar bhacadh mòr air dì-charbonachadh roinn na còmhdhail. Tha Cìs Connaidh agus Cìs Carbaid glèidhte do Riaghaltas na RA agus tha riaghaltasan na RA air an ìre de Chìs Connaidh a reothadh gach bliadhna bho 2010, a' ciallachadh gu bheil dràibhearair air buannachd fhaighinn bho ghearradh mòr ann an cìsean, a' gabhail a-staigh na h-atmhorachd. Thathas a-nis ag aithneachadh gum feumar dèiligeadh ri cosgaisean motarachaidh, le teachd-a-steach bho Chìs Connaidh a' dol sìos mar a tha an gluasad gu carbadan le eimiseanan nas ìsle a' leantainn. Cumaidh Riaghaltas na h-Alba air le còmhradh le Riaghaltas na RA mun fheum air ath-leasachadh air na cìsean a th' ann aig an àm seo co-cheangailte ri motarachadh. Tha seo deatamach gus siostam chìsean a chruthachadh a bhrosnaicheas gluasad gu carbadan gun eimiseanan, agus a dhìonas teachd a-steach san àm ri teachd gus maoinachadh a thoirt do cheuman a chumas taic ri siubhal nas fhallaine, nas cothromaiche agus nas seasmaiche.

### **3.7 Maoinachadh agus goireasan**

Tha na cosgaisean airson a bhith a' libhrigeadh siostam còmhdhail na h-Alba subsainteach. A bharrachd air sin, tha an galar lèir-sgaoilte COVID-19 air cuideam a bharrachd a chur air maoinachadh Riaghaltas na h-Alba agus ùghdarrasan ionadail agus tha an t-iarrrtas airson còmhdhail san àm ri teachd, a' gabhail a-steach còmhdhail phoblach, fhathast mì-chinnteach. San àm ri teachd, bidh feumalachdan maoinachaidh subsainteach fhathast aig an dà chuid riaghaltas nàiseanta agus ionadail, gus gealltanasan cothromachadh carboin a choileanadh thar farsaingeachd de roinnean. Chan eil roinn na còmhdhail eadar-dhealaichte, agus bidh seo a' cur cuideam a bharrachd air buidseatan cuibhrichte. Feumaidh fòcas soilleir a bhith air a bhith a' maidseadh ghoireasan ri lùghdachadh eimiseanan gas taigh-glainne agus a' dèanamh cinnteach gu bheil eadar-ghluasad cothromach ann. Ged a bhios e cudromach do dhaoine nas lugha de thursan a dhèanamh ann an càraichean agus carbadan a tha a' sgaoileadh carboin, feumar aithneachadh gum feum daoine siubhal, agus gu bheil an siostam còmhdhail againn cudromach a thaobh na dòigh-beatha againn. Feumaidh sinn na stòrasan còmhdhail againn a stiùireadh gu h-èifeachdach, agus tasgadh èifeachdach a dhèanamh anns na goireasan a dh'fheumar gus an cumail suas agus an obrachadh gu sàbhailte agus a tha cuideachd a' cumail taic ris a' ghluasad gu cothromachadh carboin. Bithear fhathast a' beachdachadh air cho cudromach 's a tha maoinachadh is tasgadh mar phàirt den obair againn air libhrigeadh a' mhapa-slighe, ann an co-theacs nas fharsainge de dh'eadar-ghluasad cothromach gu cothromachadh carboin.

## 4. Obair san àm ri teachd

### 4.1 Co-chomhairle agus conaltradh leantainneach

Tha am mapa-slighe a' cur air adhart frèam-obrach airson poileasaidhean agus ceuman aig ìre nàiseanta gus taic a chumail ri giùlan siubhail seasmhach, ach bidh gnìomhan agus geallaidhean aig ìre ionadail air leth cudromach gus an targaid àrd-amasach gus cilemeatairean càir a lùghdachadh 20 sa cheud ro 2030 a choileanadh. Mar sin chaidh am mapa-slighe a chruthachadh ann an co-bhonn ri COSLA agus com-pàirtichean ann an ùghdarrasan ionadail, le beachdan air an sireadh bho raon de luchd-ùidh iomchaidh eile. Gu ruige seo tha sinn air bùthan-obrach air-loidhne a ruith airson luchd-ùidh ann an roinn na còmhdhail, anns an do dh'iarr sinn beachdan air na dòighean-giùlain, an luchd-èisteachd agus na h-eadar-theachdan air am bu chòir a' mhapa-slighe a bhith a' cuimseachadh. Tha sinn air togail air seo le tachartasan com-pàirteachais eile le buill COSLA agus Com-pàirteachasan Còmhdhail Roinneil (*Regional Transport Partnership - RTPs*).

Tha com-pàirteachas poblach tòiseachail air a bhith a' gabhail a-steach buidhnean fòcais agus suirbhidh bheachdan poblach a bharrachd air tachartas conaltraidh poblach mar phàirt de COP26, agus seisean Pannal an t-Sluaigh mar phàirt de cho-obrachadh nas fharsainge air NTS2. Tha sinn cuideachd air conaltradh le buidhnean a tha a' riochdachadh leas bhuidhnean le feartan dìonta fo Achd na Co-ionannachd, tro ar Lìonra Co-ionannachd Còmhdhail, a bharrachd air a bhith a' dèanamh conaltradh tòiseachail le riochdairean gnìomhachais. Tha an dreach mapa-slighe agus measaidhean buaidh co-cheangailte air am foillseachadh a-nis airson co-chomhairle fhoirmeil. Leanaidh sinn air adhart cuideachd a' conaltradh ri ùghdarrasan ionadail, RTPan agus prìomh luchd-ùidh eile às dèidh foillseachaidh na sgrìobhainn seo, agus stèidhichidh sinn structar co-riaghlaidh gus sùil a chumail air an adhartas againn a dh'ionnsaigh na targaid lùghdachaidh 20 sa cheud.

### 4.2 A' cumail taic ri cur an gnìomh nan ceuman gu roinneil agus gu h-ionadail

Mar a chaidh ainmeachadh ann an earrann 4.1, tha e deatamach gum bi na poileasaidhean agus na ceuman a tha air am mìneachadh aig ìre nàiseanta a' toirt taic, agus a rèir, dha na gnìomhan aig ìre roinneil is ionadail. A rèir a' ghealltanais a tha air a mhìneachadh ann an NTS2, bidh sinn a' cleachdadh modh-obrach co-obrachail agus com-pàirteachail gus na ceuman sa mhapa-slighe a libhrigeadh. Bidh na bhios ùghdarrasan ionadail a' dèanamh, a rèir suidheachaidhean, feumalachdan agus goireasan ionadail, gu sònraichte cudromach thairis air an fharsaingeachd de cheuman a tha air am mìneachadh sa mhapa-slighe, a' gabhail a-steach:

- A' cumail orra le taic ri modailean obrach measgaichte agus ri cothrom didseatach air seirbheisean far an gabh sin dèanamh.
- A' cruthachadh àiteachan a tha freagarrach airson coiseachd, a tha ceangailte agus fallain tro phlanadh cleachdadh fearainn, còmhla ri coimhearsnachdan agus com-pàirtichean ionadail
- A' brosnachadh siubhal gnìomhach agus a' toirt piseach air bun-structar gus am bi e nas fhasa, nas sàbhailte agus nas tarraingiche a bhith a' coiseachd, a' cuibhleachadh no a' rothaireachd.
- Taic agus solar còmhdhail phoblach, a' gabhail a-steach bun-structair iomchaidh
- Pàirceadh agus riaghladh trafaig agus eadar-theachdan a nì siubhal seasmhach ruigsinneach dhan h-uile duine, a' gabhail a-steach cleachdadh chumhachdan ùra a thaobh Cìsean Pàircidh san Àite Obrach, far a bheil sin iomchaidh.
- A' cumail taic ri clubaichean càr agus ri roghainnean a thaobh co-roinn chàraichean
- Ag oideachadh ar n-òigridh agus a' brosnachadh atharrachadh giùlain tro iomairtean fiosrachaidh agus togail mothachaidh

Tha sinn mothachail gu bheil RTPan, ùghdarrasan ionadail agus com-pàirtichean san treas roinn a' dèanamh tòrr mar-thà. Às dèidh tuilleadh conaltraidh leis na com-pàirtichean sin comharrachaidh sinn agus leasaichidh sinn goireasan ionnsachaidh no taic cho-roinnte a dh'fhaodadh a bhith a dhìth gus taic a thoirt do bhuileachadh cheuman sa mhapa-slighe taobh a-staigh roinnean, ùghdarrasan ionadail agus coimhearsnachdan fa-leth.

Ged a tha sruthan maoinachaidh air an riarachadh do mhòran de na ceuman a tha air am mìneachadh sa mhapa-slighe seo, feumar buaidh a thoirt air co-dhùnaidhean maoinachaidh a thèid a dhèanamh taobh a-muigh còmhdhail cuideachd mar phàirt den dòigh-obrach thar-roinneil gus taic a chumail ri lùghdachadh cleachdadh chàraichean. Cuiridh STPR2 molaidhean air adhart airson co-dhùnaidhean tasgadh còmhdhail ro-innleachdail san àm ri teachd, agus leanaidh sinn oirnn ag obair le COSLA agus com-pàirtichean eile gus beachdachadh air na dùbhlain agus na cothroman co-cheangailte ri bhith dèanamh cinnteach gu bheil maoinachadh a' cumail taic ri giùlan siubhail seasmhach gus beatha nas fhallaine, nas cothromaiche agus nas seasmhaiche a chur an comas.

### **4.3 A' measadh agus a' luachadh buaidh agus adhartas a' mhapa-slighe**

Ged nach eil am mapa-slighe na ro-innleachd le aon fhuasgladh airson a h-uile suidheachadh, agus ged nach eilear an dùil gun tuit cleachdadh chàraichean aig na h-aon ìrean anns gach ceàrnaidh de dh'Alba, bidh an sgrùdadh adhartais againn aig

ìre nàiseanta an toiseach agus thèid a thomhas gach bliadhna, le targaid nàiseanta singilte airson an àireamh bhliadhna de chilemeatairean càr a lùghdachadh 20 sa cheud ro 2030 (an taca ri bun-loidhne 2019). Co-thaobhaidh sinn measadh na buil seo ri measadh NTS2, cho math ris na pròiseasan measaidh aig an RTP fhèin. Bidh frèamaichean-obrach sgrùdaidh agus measaidh aig grunn de na ceuman fa leth a tha air am mìneachadh sa phlana. Cuidichidh a' cho-chomhairle agus an conaltradh a tha san amharc againn air an dreachd mapa-slighe agus measaidhean buaidh co-cheangailte ri sin gus beachdachadh air na buannachdan a bhiodh an lùib a bhith a' sgrùdadh agus a' measadh mu choinneamh cheuman eadar-amail no fo-cheumannan agus bidh làn phlana sgrùdaidh is measaidh an cois a' mhapa-slighe mu dheireadh. Thèid beachdachadh air a h-uile roghainn le beachdan bho luchd-ùidh gus coimhead air mar a ghabhas na tha diofar phàirtean de dh'Alba a' cur ris a thomhas mar phàirt den targaid nàiseanta seo.

#### **4.4 Raointean airson rannsachadh a bharrachd**

Ann a bhith a' cruthachadh a' mhapa-slighe tha sinn air grunn raointean poileasaidh còmhdhail agus neo-chòmhdhail a chomharrachadh a dh'fhaodadh a bhith feumach air rannsachadh a bharrachd agus cumaidh sinn oirnn a' comharrachadh agus a' cur an gnìomh chothroman eile nuair a thig iad am bàrr, an co-bhonn ri molaidhean STPR2, a dh'fhiosraicheas prìomhachasan tasgaidh còmhdhail Riaghaltas na h-Alba suas gu 2042.



## 5. Iomraidhean

---

- <sup>1</sup> Just Transition Commission. <https://www.gov.scot/groups/just-transition-commission/>
- <sup>2</sup> Community Wealth Building. <https://www.gov.scot/policies/cities-regions/community-wealth-building/>
- <sup>3</sup> Update to the Climate Change Plan 2018-2032. <https://www.gov.scot/publications/securing-green-recovery-path-net-zero-update-climate-change-plan-20182032/>
- <sup>4</sup> Scottish Greenhouse Gas Statistics: 1990-2019. Riaghaltas na h-Alba, an t-Ògmhios 2021. <https://www.gov.scot/publications/scottish-greenhouse-gas-statistics-1990-2019/pages/3/>
- <sup>5</sup> Carbon Account for Transport N.12: 2020 Edition. Còmhdhail Alba, 2020. <https://www.transport.gov.scot/media/48199/sct07209535161.pdf>
- <sup>6</sup> Update to the Climate Change Plan 2018-2032. <https://www.gov.scot/publications/securing-green-recovery-path-net-zero-update-climate-change-plan-20182032/>
- <sup>7</sup> Ro-innleachd Nàiseanta na Còmhdhail 2 (NTS2) <https://www.transport.gov.scot/publication/national-transport-strategy-2>
- <sup>8</sup> ibid
- <sup>9</sup> Strategic Transport Projects Review 2. <https://www.transport.gov.scot/our-approach/strategy/strategic-transport-projects-review-2/>
- <sup>10</sup> Scotland 2045: Our Fourth National Planning Framework. <https://www.gov.scot/publications/scotland-2045-fourth-national-planning-framework-draft/>
- <sup>11</sup> Update to the Climate Change Plan 2018-2032. <https://www.gov.scot/publications/securing-green-recovery-path-net-zero-update-climate-change-plan-20182032/>
- <sup>12</sup> Infrastructure Investment Plan for Scotland 2021-22 to 2025-26. <https://www.gov.scot/publications/national-mission-local-impact-infrastructure-investment-plan-scotland-2021-22-2025-26/>
- <sup>13</sup> Delivering economic transformation. <https://www.gov.scot/news/delivering-economic-transformation/>
- <sup>14</sup> COVID-19 Public Attitudes Survey Data: Wave 19. 30 July 2021, accessible <https://www.transport.gov.scot/publication/covid-19-public-attitudes-survey-data-wave-19/>
- <sup>15</sup> Climate Exchange. Emissions impact of home working in Scotland, 2021. <https://www.climateexchange.org.uk/research/projects/emissions-impact-of-home-working-in-scotland/>
- <sup>16</sup> Element Energy. Decarbonising the Scottish Transport Sector, an t-Sultain 2021. <https://www.transport.gov.scot/media/50354/decarbonising-the-scottish-transport-sector-summary-report-september-2021.pdf>
- <sup>17</sup> Scottish Household Survey, 2019, reported in Scottish Transport Statistics no.39, 2020. <https://www.transport.gov.scot/publication/scottish-transport-statistics-no-39-2020-edition/>
- <sup>18</sup> Còmhdhail Alba Disability and Transport, findings from the SHS, 2021. <https://www.transport.gov.scot/media/50075/disability-and-transport-findings-from-the-scottish-household-survey-july-2021.pdf>
- <sup>19</sup> Douglas et al. Health and Transport: A Guide, Scottish Health and Inequality Impact Assessment Network, 2018. <https://www.scotphn.net/wp-content/uploads/2015/11/Transport-Guide-2018-Final-Formatted.pdf>
- <sup>20</sup> Riaghaltas na h-Alba Just Transition: A fairer, greener Scotland. <https://www.gov.scot/publications/transition-fairer-greener-scotland>
- <sup>21</sup> Ro-innleachd Nàiseanta na Còmhdhail 2 (NTS2) <https://www.transport.gov.scot/publication/national-transport-strategy-2>

- <sup>22</sup>Riaghaltas na h-Alba. Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta. <https://nationalperformance.gov.scot/>
- <sup>23</sup> NHS Health Scotland, Inequalities Briefing 4: Place and Communities, 2016  
<http://www.healthscotland.scot/media/1088/27414-place-and-communities-06-16.pdf>
- <sup>24</sup> Chatterjee, K., Clark, B. Nguyen, A., Wishart, R., Gallop, K., Smith, N., Tipping, S. Access to Transport and Life Opportunities, Department for Transport, 2019.  
[https://assets.publishing.service.gov.uk/government/uploads/system/uploads/attachment\\_data/file/831766/access\\_to\\_transport\\_report.pdf](https://assets.publishing.service.gov.uk/government/uploads/system/uploads/attachment_data/file/831766/access_to_transport_report.pdf)
- <sup>25</sup> NatCen. Transport and inequality: An evidence review for the Department of Transport. 2019  
[https://assets.publishing.service.gov.uk/government/uploads/system/uploads/attachment\\_data/file/953951/Transport\\_and\\_inequality\\_report\\_document.pdf](https://assets.publishing.service.gov.uk/government/uploads/system/uploads/attachment_data/file/953951/Transport_and_inequality_report_document.pdf)
- <sup>26</sup> Douglas et al. Health and Transport: A Guide, Scottish Health and Inequality Impact Assessment Network, 2018. <https://www.scotphn.net/wp-content/uploads/2015/11/Transport-Guide-2018-Final-Formatted.pdf>
- <sup>27</sup> NatCen. Transport, health and wellbeing: An evidence review for the Department of Transport, 2019  
[https://assets.publishing.service.gov.uk/government/uploads/system/uploads/attachment\\_data/file/847884/Transport\\_\\_health\\_and\\_wellbeing.pdf](https://assets.publishing.service.gov.uk/government/uploads/system/uploads/attachment_data/file/847884/Transport__health_and_wellbeing.pdf)
- <sup>28</sup> Scottish Household Survey, 2019, reported in Scottish Transport Statistics no.39, 2020.  
<https://www.transport.gov.scot/publication/scottish-transport-statistics-no-39-2020-edition/>
- <sup>29</sup> ibid
- <sup>30</sup> Sustrans (2016) Transport Poverty in Scotland. <https://www.sustrans.org.uk/our-blog/research/allthemes/all/transport-poverty-in-scotland>
- <sup>31</sup> Congestion cost UK economy £6.9 billion in 2019. <https://www.transportxtra.com/publications/local-transport-today/news/64673/congestion-cost-uk-economy-6-9-billion-in-2019/>
- <sup>32</sup> Sustrans (2017) Active travel and economic performance: A 'What Works' review of evidence from cycling and walking schemes. <https://www.sustrans.org.uk/media/4472/4472.pdf>
- <sup>33</sup> Sustrans. Reducing car use: What do people who live and drive in towns and cities think? 2019.  
<https://www.sustrans.org.uk/media/5501/final-reducing-car-use-report.pdf>
- <sup>34</sup> Living Streets. The pedestrian pound: The business case for better streets and places, 2018.  
<https://www.livingstreets.org.uk/media/3890/pedestrian-pound-2018.pdf>
- <sup>35</sup> Sustrans. Common misconceptions of active travel investment: A review of the evidence. LWCIP Strategic Report, 2019. <https://www.sustrans.org.uk/media/5224/common-misconceptions-of-active-travel-investment.pdf>
- <sup>36</sup>Riaghaltas na h-Alba Cleaner Air for Scotland 2: Towards a better place for everyone.  
<https://www.gov.scot/publications/cleaner-air-scotland-2-towards-better-place-everyone/>
- <sup>37</sup>Còmhdhail Alba Key reported road casualties Scotland 2020.  
<https://www.transport.gov.scot/publication/key-reported-road-casualties-scotland-2020/>
- <sup>38</sup>Riaghaltas na h-Alba Active Scotland Delivery Plan, 2018. <https://www.gov.scot/publications/active-scotland-delivery-plan/>
- <sup>39</sup> Douglas et al. Health and Transport: A Guide, Scottish Health and Inequality Impact Assessment Network, 2018. <https://www.scotphn.net/wp-content/uploads/2015/11/Transport-Guide-2018-Final-Formatted.pdf>
- <sup>40</sup> NatCen. Transport, health and wellbeing: An evidence review for the Department of Transport, 2019  
[https://assets.publishing.service.gov.uk/government/uploads/system/uploads/attachment\\_data/file/847884/Transport\\_\\_health\\_and\\_wellbeing.pdf](https://assets.publishing.service.gov.uk/government/uploads/system/uploads/attachment_data/file/847884/Transport__health_and_wellbeing.pdf)
- <sup>41</sup> Teuton et al. Transport use, health and health inequalities: The impact of measures to reduce the spread of COVID-19. Public Health Scotland, 2020.

<https://www.publichealthscotland.scot/media/2850/transport-use-health-and-health-inequalities-oct2020-english.pdf>

<sup>42</sup> Vardoulakis and Heaviside. Health Effects of Climate Change in the UK 2012. Health Protection Agency, 2012.

[https://assets.publishing.service.gov.uk/government/uploads/system/uploads/attachment\\_data/file/371103/Health\\_Effects\\_of\\_Climate\\_Change\\_in\\_the\\_UK\\_2012\\_V13\\_with\\_cover\\_accessible.pdf](https://assets.publishing.service.gov.uk/government/uploads/system/uploads/attachment_data/file/371103/Health_Effects_of_Climate_Change_in_the_UK_2012_V13_with_cover_accessible.pdf)

<sup>43</sup> NatCen. Transport and inequality: An evidence review for the Department of Transport. 2019

[https://assets.publishing.service.gov.uk/government/uploads/system/uploads/attachment\\_data/file/953951/Transport\\_and\\_inequality\\_report\\_document.pdf](https://assets.publishing.service.gov.uk/government/uploads/system/uploads/attachment_data/file/953951/Transport_and_inequality_report_document.pdf)

<sup>44</sup> Marmot, M, Allen, J, Boyce, T, Goldblatt, P, Morrison J. Health

Equity in England: The Marmot Review ten years on. Lunnainn: Institute of Health Equity, 2020.

<https://www.instituteofhealthequity.org/resources-reports/marmot-review-10-years-on/the-marmot-review-10-years-on-executive-summary.pdf>

<sup>45</sup> Craig N. Best preventive investments for Scotland – what the evidence and experts say. NHS Health Scotland, 2014. <http://www.healthscotland.scot/media/2320/best-preventative-investments-for-scotland-what-the-evidence-and-experts-say-dec-2014.pdf>

<sup>46</sup> Laird et al. Cycling and walking for individual and population health benefits: A rapid evidence review for health and care system decision-makers.

[https://assets.publishing.service.gov.uk/government/uploads/system/uploads/attachment\\_data/file/757756/Cycling\\_and\\_walking\\_for\\_individual\\_and\\_population\\_health\\_benefits.pdf](https://assets.publishing.service.gov.uk/government/uploads/system/uploads/attachment_data/file/757756/Cycling_and_walking_for_individual_and_population_health_benefits.pdf)

<sup>47</sup> NICE Public Health Guideline 13: Physical activity in the workplace. National Institute for Health and Care Excellence, 2008.

[https://assets.publishing.service.gov.uk/government/uploads/system/uploads/attachment\\_data/file/847884/Transport\\_\\_health\\_and\\_wellbeing.pdf](https://assets.publishing.service.gov.uk/government/uploads/system/uploads/attachment_data/file/847884/Transport__health_and_wellbeing.pdf)

<sup>48</sup> Baker G et al. Quantifying the health and economic benefits of active commuting in Scotland.

Journal of Transport and Health. 22,101111, 2021

<https://www.sciencedirect.com/science/article/pii/S2214140521001419?dgcid=coauthor>

<sup>49</sup> Scottish Household Survey, 2019, reported in Scottish Transport Statistics no.39, 2020.

<https://www.transport.gov.scot/publication/scottish-transport-statistics-no-39-2020-edition/chapter-11-personal-and-cross-modal-travel/>

<sup>50</sup> Mid-2020 Population Estimates Scotland. <https://www.nrscotland.gov.uk/statistics-and-data/statistics/statistics-by-theme/population/population-estimates/mid-year-population-estimates/mid-2020>

<sup>51</sup> Internal analysis on Scottish Household Survey, 2019 reported in Transport and Travel in Scotland 2019. <https://www.transport.gov.scot/media/48317/sct09201490081.pdf>.

<sup>52</sup> Ibid.

<sup>53</sup> Scottish Household Survey, 2019 air aithris ann an Transport and Travel in Scotland 2019, Clàr 1.

<https://www.transport.gov.scot/media/48377/transport-and-travel-in-scotland-2019-local-authority-tables.xlsx>.

<sup>54</sup> Scottish Household Survey, 2019 air aithris ann an Transport and Travel in Scotland 2019, Clàr 5.

<https://www.transport.gov.scot/media/48377/transport-and-travel-in-scotland-2019-local-authority-tables.xlsx>.

<sup>55</sup> Scottish Household Survey, 2019, reported in Scottish Transport Statistics no.39, 2020.

<https://www.transport.gov.scot/publication/transport-and-travel-in-scotland-results-from-the-scottish-household-survey-1/scottish-access-to-bus-indicator-2019-weekday-score/>

<sup>56</sup> Scottish Household Survey, 2019, reported in Scottish Transport Statistics no.39, 2020.

<https://www.transport.gov.scot/publication/scottish-transport-statistics-no-39-2020-edition/>

<sup>57</sup> National statistics. Road traffic estimates in Great Britain: 2020.

<https://www.gov.uk/government/statistics/road-traffic-estimates-in-great-britain-2020>

<sup>58</sup>Còmhdhail Alba COVID-19 – Trends in transport and travel in Scotland during the first year of the pandemic. <https://www.transport.gov.scot/publication/covid-19-trends-in-transport-and-travel-in-scotland-during-the-first-year-of-the-pandemic/>

<sup>59</sup> Department for Transport. National Travel Attitudes Survey: Wave 02, Faoilleach 2020. Clàr NTAS02021e; <https://www.gov.uk/government/statistical-data-sets/national-travel-attitudes-study-ntas>

<sup>60</sup> Seanadh Gnàth-shìde na h-Alba: Recommendations for Action Report. Seanadh Gnàth-shìde na h-Alba, An t-Ògmhios 2021. <https://www.climateassembly.scot/full-report>

<sup>61</sup> Ibid., taobh-duilleig 89.

<sup>62</sup> Social Market Foundation. Public attitudes towards road pricing as an alternative to the current fuel duty regime, 2021, <https://www.smf.co.uk/wp-content/uploads/2021/10/Road-to-ruin-Oct-2021.pdf>

<sup>63</sup> Sustrans. Reducing car use: What do people who live and drive in towns and cities think? 2019. <https://www.sustrans.org.uk/media/5501/final-reducing-car-use-report.pdf>

<sup>64</sup> Darnton et al. Influencing behaviours: Moving beyond the individual. Riaghaltas na h-Alba, 2013. <https://www.gov.scot/binaries/content/documents/govscot/publications/advice-and-guidance/2013/06/influencing-behaviours-moving-beyond-individual-user-guide-ism-tool/documents/00423436-pdf/00423436-pdf/govscot%3Adocument/00423436.pdf>

<sup>65</sup> Wang and Khosla. Cast Briefing 06. Achieving low carbon and equitable lifestyle change. Centre for Climate Change and Social Transformations, 2021. <https://cast.ac.uk/wp-content/uploads/2021/01/CAST-Briefing06.pdf>

<sup>66</sup> UNEP DTP Partnership. Emissions Gap Report 2020. UN Environment Programme, 2020. <https://www.unep.org/emissions-gap-report-2020>

<sup>67</sup> Public Health England. Achieving behaviour change: A guide for national government, 2020. [https://assets.publishing.service.gov.uk/government/uploads/system/uploads/attachment\\_data/file/933328/UFG\\_National\\_Guide\\_v04.00\\_\\_1\\_\\_1\\_.pdf](https://assets.publishing.service.gov.uk/government/uploads/system/uploads/attachment_data/file/933328/UFG_National_Guide_v04.00__1__1_.pdf)

<sup>68</sup> Nuffield Council of Bioethics: Public health: ethical issues, 2017. <https://www.nuffieldbioethics.org/publications/public-health>

<sup>69</sup> Public Health England. Achieving behaviour change: A guide for national government, 2020. [https://assets.publishing.service.gov.uk/government/uploads/system/uploads/attachment\\_data/file/933328/UFG\\_National\\_Guide\\_v04.00\\_\\_1\\_\\_1\\_.pdf](https://assets.publishing.service.gov.uk/government/uploads/system/uploads/attachment_data/file/933328/UFG_National_Guide_v04.00__1__1_.pdf)

<sup>70</sup> NHS Scotland climate emergency and sustainability strategy 2022 to 2026. Consultation Draft.

<sup>71</sup> Climatexchange. 20 Minute Neighbourhoods in a Scottish Context, 2021. <https://www.climatexchange.org.uk/media/4661/cxc-20-minute-neighbourhoods-in-a-scottish-context-march-2021.pdf>

<sup>72</sup> Element Energy. Decarbonising the Scottish Transport Sector, an t-Sultain 2021. <https://www.transport.gov.scot/media/50354/decarbonising-the-scottish-transport-sector-summary-report-september-2021.pdf>

<sup>73</sup> Scottish Household Survey, 2019, reported in Scottish Transport Statistics no.39, 2020. <https://www.transport.gov.scot/publication/scottish-transport-statistics-no-39-2020-edition/>

<sup>74</sup>Riaghaltas na h-Alba Scottish Government and Scottish Green Party Draft Shared Policy Programme: Working Together to Build a Greener, Fairer, Independent Scotland, 2021.

<sup>75</sup> Ibid.

<sup>76</sup>Còmhdhail Alba Plana gnìomh di-charbonachaidh nan seirbheisean rèile, 2020. <https://www.transport.gov.scot/publication/rail-services-decarbonisation-action-plan/>

<sup>77</sup>Còmhdhail Alba Rail Enhancements and Capital Investment Strategy, 2018. <https://www.transport.gov.scot/publication/rail-enhancements-capital-investment-strategy/>

<sup>78</sup>Còmhdhail Alba MaaS Investment Fund - Mobility as a Service. <https://www.transport.gov.scot/our-approach/mobility-as-a-service/maas-investment-fund-mobility-as-a-service/>

<sup>79</sup> Hjortset MA, Bocker L. Car sharing in Norwegian urban areas Examining interest, intention and the decision to enrol. *Transportation Research Part D*, 84, 2020.  
<https://www.sciencedirect.com/science/article/pii/S1361920919304572>

<sup>80</sup> International Transport Forum. *Shared Mobility: Innovation for Liveable Cities*, OECD Corporate Partnership Board, 2016: <https://www.itf-oecd.org/sites/default/files/docs/shared-mobility-liveable-cities.pdf>

<sup>81</sup> Còmhdhail Alba Transport and Travel in Scotland 2018, Clàr TD9, An Dàmhair 2019:  
<https://www.transport.gov.scot/publication/transport-and-travel-in-scotland-results-from-the-scottish-household-survey-1/table-td9-car-occupancy-percentage-of-car-stages-1-by-car-occupancy-2008-2018-2-3/>



**TRANSPORT  
SCOTLAND**

CÒMHDHAIL ALBA

## Còir-lethbhreac a' Chrùin 2022

Faodaidh tu am fiosrachadh seo (gun suaicheantasan is dealbhan) ath-chleachdadh saor is an-asgaidh ann an cruth no meadhan sam bith fo theirmichean Cead Fosgailte an Riaghaltais. Gus an cead seo fhaicinn, faic <http://www.nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence> no cuir post-d gu: [psi@nationalarchives.gsi.gov.uk](mailto:psi@nationalarchives.gsi.gov.uk)

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil a' chòir-lethbhreac sin.

Tha lethbhreacan a bharrachd den sgrìobhainn seo rim faighinn, ma thèid sin iarraidh, ann an cruth claisneachd is faicsinneach agus ann an cànanan coimhearsnachd. Bu chòir ceist sam bith mun sgrìobhainn/foillseachadh seo a chur thugainn aig [info@transport.gov.scot](mailto:info@transport.gov.scot)

Tha an sgrìobhainn seo ri fhaighinn air làrach-lìn Còmhdhail Alba aig: [www.transport.gov.scot](http://www.transport.gov.scot)

Air fhoillseachadh le Còmhdhail Alba, 2022

Lean sinn:



**transport.gov.scot**



**Scottish Government  
Riaghaltas na h-Alba  
gov.scot**